Fèisean nan Gàidheal
Làimhseachadh Cunnairt agus Poileasaidhean

Ceann-latha: 15 Cèitean 2010.

Poileasaidh: Poileasaidh & Siùil Dìon Chloinne

Tha am poileasaidh mar phàirt de: Poileasaidh Làimhseachaidh Cunnairt, Slàinte & Sàbhailteachd

Poileasaidhean Co-cheangailte: So-ruigsinneachd; Co-ionannachd Chothroman; Dìon Fiosrachaidh; A' Cleachdadh FT gu h-Iomchaidh; Tomhas Cunnairt is Stiùireadh do dh'Fhèisean

Adhbhar a' Phoileasaidh: Gus cunnart a lùghdachadh do dhaoine fo 18 a tha a' gabhail pàirt agus do dh'inbhich le feumalachdan sònraichte, agus gus sealltainn do luchd-obrach is luchd saor-thoileach ciamar a bu chòir dhaibh dèiligeadh ri aithrisean mu dhroch dhìol no dearmad.

Geàrr-iomradh air a' Phoileasaidh: Tha am poileasaidh ag innse mar a chuireas Fèisean nan Gàidheal na modhan-obrach aca an sàs airson clann agus airson inbhich le feumalachdan sònraichte a tha a' dol gu tachartasan a dhìon. Tha eisimpleirean ann cuideachd de sgrìobhainnean a dh'fhaodadh Fèisean a chleachdadh gus cunnart a lùghdachadh. Tha e cuideachd a' cur an cèill nan cunnartan a dh'fhaodadh a bhith ann do chloinn is inbhich le feumalachdan sònraichte a thaobh droch dhìol is dearmad. Tha e cuideachd ag innse mu dhleastanasan an Oifigeir Dìon Chloinne – dreuchd riatanach airson gach Fèis.

Chaidh am poileasaidh a dhealbh le: Iona NicDhòmhnaill, Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh

Chaidh e mu choinneimh na Buidhne Riaghlaidh (ceann-latha): 01 An Gearran 2010.

Aontaichte leis a' Bhòrd (ceann-latha): 18 An Gearran 2010.

Sgrùdadh mu dheireadh: An Gearran 2013

Bu chòir sùil às ùr a thoirt air a' phoileasaidh seo (ceann-latha): Sa Ghearran 2014.

Catriona Nic an t-Saoir – 18 An Gearran 2010.

Thoiribh an aire gu bheil sgeama ùr a-nis aig Riaghaltas na h-Alba, agus far a bheil an teacs a-mach air "Disclosure", gur ballrachd de Sgeama PVG a thathar a' ciallachadh.

Tha an teacs seo bhon làrach-lìn aig Disclosure Scotland (http://www.disclosurescotland.co.uk/pvg/pvg_index.html)

In February 2011, the Scottish Government introduced a new membership scheme to replace and improve upon the current disclosure arrangements for people who work with vulnerable groups.

The Protecting Vulnerable Groups Scheme (PVG Scheme) will:

- help to ensure that those who have regular contact with children and protected adults through paid and unpaid work do not have a known history of harmful behaviour.

- be quick and easy to use, reducing the need for PVG Scheme members to complete a detailed application form every time a disclosure check is required.

- strike a balance between proportionate protection and robust regulation and make it easier for employers to determine who they should check to protect their client group.

The PVG Scheme is managed and delivered by Disclosure Scotland which, as an executive agency of the Scottish Government, will take on additional responsibilities. This will include taking decisions, on behalf of Scottish Ministers, about who should be barred from working with vulnerable groups.

Please Note: the contact number is now 0870 609 6006

Fèisean nan Gàidheal
Poileasaidh is Siùil Dìon Chloinne

Clàr-innse

Ro-ràdh	2
Cunntas Poileasaidh	3
Còd Obrachaidh	4
Achd Dìon Chloinne (Alba) 2003	5
Stiùireadh	6
A' Lùghdachadh a' Chunnairt gun tèid Cron a Dhèanamh air Clann	8
Nuair a thig Droch Dhìol am Follais	11
Poileasaidh Dìomhaireachd	12
Dìon is Stòradh Fiosrachaidh	12
Togail Dhealbhan is Filmichean Bhideo	12
Co-ionannachd Chothroman agus Poileasaidh In-ghabhail	14
Dleastanasan Oifigear Dìon Chloinne (aig na Fèisean)	16
Eàrr-ràdh 1: Meatrags Tomhais Cunnairt san Obair	A1
Eàrr-ràdh 2: Ciad Litir a chuirear còmhla ri pasgan iarrtais airson obair	A3
Eàrr-ràdh 3: Foirm-iarrtais airson dreuchdan far am bithear ag obair còmhla ri clann no òigridh	A4
Eàrr-ràdh 4: Foirm Fèin-chunntais airson dreuchd a dh'fheumas Dearbhadh Pearsanta Coitcheann no Leasaichte	A7
Eàrr-ràdh 5: Nòtaichean stiùiridh a bu chòir a bhith an cois foirm fèin-chunntais	A11
Eàrr-ràdh 6: Meatrags airson Pròiseas nan Agallamhan	A12
Eàrr-ràdh 7: Litir gu Luchd-teiste	A14
Eàrr-ràdh 8: Eisimpleir pro-forma gus neach a mholadh airson an Liosta Dhaoine a tha air an Toirmeasg bho bhith ag Obair le Clann (An Liosta)	A15
Eàrr-ràdh 9: Àireamh Èiginn airson Dìon Chloinne (Nàiseanta)	A21
Eàrr-ràdh 10: Foirm pro-forma airson casaidean/draghan mu dhroch dhìol a chlàradh	A22
Eàrr-ràdh 11: Poileasaidh Co-ionannachd Chothroman Fèisean nan Gàidheal	A24
Earr-ràdh 12: Foirm-Ceadachaidh Phàrantan a thathar a' moladh airson Fèisean	A28
Eàrr-ràdh 13: Aithris air Tubaist/Tachartas	A29

Ro-ràdh
Tha Fèisean nan Gàidheal air am pasgan seo a chur ri chèile mar ath-nuadhachadh air a' phoileasaidh a th' air a bhith againn bho 2005, a' leantainn air stiùireadh bhon riaghaltas agus buidhnean chloinne.

Tha sinn airson a bhith cho taiceil 's a ghabhas do na Fèisean a dh'fheumas dèiligeadh ri seo. Tha seo riatanach airson dèanamh cinnteach gum bi a h-uile duine a tha an sàs sna Fèisean – com-pàirtichean, luchd-obrach, daoine a tha ag obair gu saor-thoileach agus luchd-teagaisg – air an dìon.

Tha mi an dòchas gum bi e na chuideachadh dhan a h-uile duine a chleachdas e.

Art MacCarmaig
Stiùiriche
An Cèitean 2010

Cunntas Poileasaidh
Tha e na phoileasaidh aig Fèisean nan Gàidheal gun dèan sinn nas urrainn dhuinn agus gun toir sinn comhairle do na Fèisean gus an dèan iad cinnteach gum bi gach neach a ghabhas pàirt annta - na buill, luchd-eagrachaidh agus luchd-teagaisg - sàbhailte agus toilichte, agus iad an uair sin air an dìon bho chron corporra, feise no inntinn.

Tha Fèisean nan Gàidheal a' tuigsinn gum feum clann is òigridh a bhith a' faireachdainn sàbhailte, tèarainte agus gu bheilear a' gabhail ealla ris na beachdan aca ma tha iad a' dol a dh'fhaighinn buannachd bho bhith a' gabhail pàirt ann an gnothaichean. Bheir sinn fiosrachadh agus taic do na Fèisean gus an tachair seo. Bithear a' brosnachadh Fhèisean gu bhith a' toirt fiosrachadh do phàrantan mu obair is tachartasan nam Fèisean anns a bheil am pàiste aca a' gabhail pàirt, agus gus iarraidh air na pàrantan sin a dhol an sàs ann an obair na Fèise.

Tha luchd-obrach nam Fèisean agus na daoine a tha ag obair gu saor-thoileach gu mòr ag iarraidh gun gabh clann pàirt sna tachartasan. Tha iad a' tuigsinn gum feumar sùil gheur a chumail air cùisean co-cheangailte ri fastadh, trèanadh agus an obair a tha iad a' dèanamh còmhla ri clann.

Còd Obrachaidh
Tha na 13 stiùiridhean a leanas nam molaidhean a dh'fhoillsich Oifis na h-Alba ann an 1993, agus tha iad nam bun-stèidh do ar Poileasaidh Dìon Chloinne.

1 Gabhaibh Cunntas Poileasaidh mu dhìon chloinne os làimh.
2 Dèanaibh plana gus suidheachaidhean far am faodadh droch dhìol a bhith air a dhèanamh air pàiste a lùghdachadh ann an obair na buidhne.
3 Cruthaichibh siostam far am faod clann bruidhinn ri cuideigin neo-eisimeileach.
4 Cuiribh modhan-obrach aontaichte an sàs a thaobh dìon chloinne airson gach neach-obrach agus neach-obrach saor-thoileach.
5 Thoiribh dleastanasan soilleir do gach neach-obrach is neach-obrach saor-thoileach.
6 Cleachdaibh mar a thathar a' cumail sùil orra mar dhòigh gus clann a dhìon.
7 Dèiligibh san aon dòigh ri gach iarrtas airson obair far am bi daoine a' dèiligeadh ri clann.
8 Faighibh co-dhiù aon teisteanas bho neach a bheir fianais air obair (dreuchdail no saor-thoileach) an neach-iarrtais còmhla ri clann.
9 Faighibh a-mach ann an agallamh mu eòlas an neach-iarrtais air a bhith ag obair no a' dèiligeadh ri clann mus toir sibh an obair dhaibh.
10 Faighnichibh don a h-uile neach-iarrtais an deach an dìteadh riamh airson eucoir an aghaidh cloinne.
11 Thoiribh obair dhreuchdail is saor-thoileach do dhaoine air chùmhnant gus an soirbhich leotha tron àm dhearbhaidh aca.
12 Thoiribh stiùireadh seachad air mar bu chòir dèiligeadh ri droch dhìol nuair a thig e am follais.
13 Thoiribh trèanadh do luchd-obrach dreuchdail agus saor-thoileach, don mhanaidsear no an neach-stiùiridh aca, agus do luchd-poileasaidh air mar a chuirear stad air droch dhìol chloinne.

Cuideachd, mar thoradh air an ath-sgrùdadh nàiseanta aig Riaghaltas na h-Alba air dìon chloinne ann an Alba, agus an aithisg a thàinig às a dhèidh *It's everyone's job to make sure I'm alright* (2002), fhuaras an stiùireadh a leanas ris am bi Fèisean nan Gàidheal a' cumail:

Cairt na Cloinne

Sa *Chairt* tha 13 abairtean air an cur a-mach mar iarrtasan **bho** chloinn is òigridh **gu** inbhich: 's iad:

- "Cuiribh eòlas oirnn"
- "Bruidhnibh rinn"
- "Èistibh rinn"
- "Cuiribh luach nar beachdan"
- "Iarraibh oirnn a bhith an sàs ann an rudan"
- "Thoiribh feart air ar prìobhaideachas"
- "Gabhaibh cùram mar deidhinn"
- "Smaoinichibh air gach pàirt dar beatha"
- "Bithibh faiceallach mu mar a chleachdas sibh fiosrachadh mar deidhinn"
- "Stiùiribh sinn gu na daoine ceart"
- "Cleachdaibh na cumhachdan a th' agaibh gus cuideachadh"
- "Thoiribh nithean gu buil nuair bu chòir dhaibh tachairt"
- "Cuidichibh sinn a bhith sàbhailte"

Frèam airson Inbhean

Chaidh am *Frèam* a sgrìobhadh do gach neach-obrach is buidheann a tha an sàs ann an dìon chloinne is òigridh tron obair aca fhèin no tro obair eile. Tha e a' gabhail a-steach na roinne saor-thoileach. Tha e airson a h-uile neach-obrach is neach-obrach saor-thoileach a tha ag obair còmhla ri clann, no inbheach sam bith a tha na phàrant/neach-cùraim no a bhios a' dèiligeadh ri clann is òigridh tric. Chan fheum buidhnean saor-thoileach aig nach eil cùmhnant gus seirbheisean a lìbhrigeadh do chloinn na h-inbhean san *Fhrèam* a choileanadh.

Bu chòir gun cuidich *Cairt na Cloinne* agus am *Frèam airson Inbhean* sibh gus smaoineachadh mu (mar eisimpleir):

- mar a bheachdaicheas sibh air clann is òigridh agus na còraichean aca;
- mar a dhèiligeas sibh ri pàiste no òganach a dh'innseas dhuibh gu bheil cuideigin air cron/droch dhìol a dhèanamh orra no nuair a tha amharas ann gu bheil seo a' tachairt;
- mar a làimhsicheas sibh fiosrachadh pearsanta mu phàiste agus an teaghlach aca;
- dè cho èifeachdach agus tha ur siùil gus innse mu dhroch dhìol;
- an siostam agaibh airson luchd-obrach fhastadh agus mar a tha sibh a' dèanamh cinnteach gu bheil iad freagarrach airson a bhith ag obair le clann is òigridh;

Gheibhear lethbhreacan de *Chairt na Cloinne* agus am *Frèam airson Inbhean* bho làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba – www.scotland.gov.uk/childprotection

Achd Dìon Chloinne (Alba) 2003
Tha e na amas don Achd dìon nas fheàrr a dhèanamh air clann tro bhith a' cur stad air daoine neo-iomchaidh bho bhith ag obair ann an dreuchdan "cùram cloinne" mar a tha iad air an cur an cèill fo Phàipear-taice 2 den *Achd*. Tha an Achd a' cruthachadh *Liosta Dhaoine a tha air an Toirmeasg bho bhith Ag Obair le Clann*. Faodaidh buidhnean a bhith air an dìteadh ma thachras:

- Gum fastaidh iad neach airson dreuchd "cùram cloinne" a tha làn-chlàraichte (chan ann air chùmhnant) air an liosta;
- Nach cuir iad neach a-mach à dreuchd "cùram cloinne" nuair a thig e am follais gu bheil iad làn-chlàraichte air an liosta agus mar sin air an toirmeasg bho bhith ag obair san dreuchd;
- Nach cuir iad fios gu Ministearan na h-Alba mu neach nuair a tha na slatan-tomhais airson fios a chur (mar a chithear san Achd) air an coileanadh.

'S iad na slatan-tomhais airson fios a chur:
Neach a tha air cron a dhèanamh air pàiste no am pàiste sin a chur ann an cunnart cron fhulang AGUS a chaidh a chur à dreuchd "cùram cloinne" air sàillibh sin.

Nì neach a tha làn-chlàraichte (chan ann air chùmhnant) air an liosta eucoir ma chuireas iad a-steach airson dreuchd "cùram cloinne" mar a tha i air a mìneachadh fo Phàipear-taice 2 den Achd.

Chan fhaighear cothrom air an *Liosta* ach tro Dhearbhaidhean Pearsanta (Coitcheann no Leasaichte) a nì *Disclosure Scotland* dhuibh, no airson cuid a bhuidhnean saor-thoileach a tha a' coileanadh slatan-tomhais clàraidh sònraichte, tron Phrìomh Bhuidheann Chlàraichte an Alba (CRBS). Thòisicheadh a' dèanamh Dhearbhaidhean Pearsanta fo Phàirt V de *Achd a' Phoilis 1997*.

Tha an Achd a' bualadh air gach buidheann (saor-thoileach, reachdail no prìobhaideach) a tha a' fastadh luchd-obrach dreuchdail no saor-thoileach ann an obraichean a tha nan dreuchdan "cùram cloinne" a rèir Pàipear-taice 2 den Achd.

Tùs: An cùrsa, "An Introduction to Child Protection", le Sue Wheatley airson Clann ann an Alba

Stiùireadh
Tha an stiùireadh a leanas do na Fèisean stèidhichte air a' Chòd Obrachaidh bho 1993 agus comhairle is reachdas a thàinig às dèidh sin, agus nam measg bha Achd Dìon Chloinne (Alba) 2003. Bu chòir dhuibh innse don a h-uile neach-obrach is neach-obrach saor-thoileach ma dheidhinn.

1 Dleastanasan na Buidhne

'S ann an urra ri Fèisean nan Gàidheal a tha e poileasaidh dìon chloinne na buidhne a chur an sàs, ach tha dìon chloinne an urra ris gach neach a tha an sàs sna Fèisean.

Bu chòir gum faigh gach neach-obrach is neach saor-thoileach stiùireadh air dè bu chòir dhaibh a dhèanamh nuair a thig droch dhìol am follais. Tha am fiosrachadh bunaiteach ri fhaotainn sa "Chairt Bhuidhe", geàrr-chunntas air siùil gus clann a dhìon, a tha na Fèisean a' toirt do gach neach-obrach.

Bu chòir gach Fèis neach a chomharrachadh a bhruidhneadh ri pàiste ma chanas iad gu bheil iad ag iarraidh bruidhinn mu chùisean ri cuideigin eile seach ceannard na buidhne.

Bu chòir comataidhean nam Fèisean dèanamh cinnteach gu bheil trèanadh iomchaidh aig luchd-obrach agus luchd saor-thoileach a thaobh a bhith a' mothachadh, ag aithneachadh agus a' cur casg air cùisean gus an cunnart airson droch dhìol chloinne a lùghdachadh.

2 A' Fastadh Luchd-obrach

Coileanaidh Fèisean nan Gàidheal agus na Fèisean dleastanasan Achd Dìon Chloinne (Alba) 2003 le bhith ag iarraidh dearbhadh pearsanta leasaichte bho CRBS airson gach neach-obrach, dreuchdail no saor-thoileach, a dh'fhaodadh dèiligeadh ri clann aig na Fèisean. Cuiridh iad cuideachd neach sam bith à dreuchd a tha air an toirmeasg bho bhith ag obair le clann, agus cuiridh iad fios gu Ministearan na h-Alba mu neach sam bith a tha air cron a dhèanamh air pàiste no air pàiste a chur ann an cunnart cron fhulang sa bhuidhinn aca, agus a chaidh a chur à dreuchd "cùram cloinne" ri linn sin. Cuiridh na Fèisean neach sam bith às an dreuchd aca sa bhad ma tha iad air cron a dhèanamh air pàiste no air pàiste a chur ann an cunnart cron fhulang.

Mus tèid am fastadh, bu chòir gach neach-obrach, dreuchdail no saor-thoileach, foirm-iarrtais a lìonadh a tha Fèisean nan Gàidheal air deasachadh do na Fèisean. Bu chòir dhaibh foirm fèin-chunntais a lìonadh cuideachd a bheir iomradh air dìtidhean agus binn eucorach sam bith a bh' aca. Feumar innse mu dhìteadh sam bith agus faodaidh luchd-iarrtais a bhith cinnteach gun cleachdar am fiosrachadh ann an dìomhaireachd agus nach tèid a chleachdadh gus leth-bhreith mhì-chothromach a dhèanamh orra. Bu chòir am fèin-chunntas seo a chur thugainn ann an cèis fa-leth a tha dùinte còmhla ris an fhoirm-iarrtais ann an cèis eile agus cha tèid am fèin-chunntas fhosgladh ach nuair a tha an neach-iarrtais air a' gheàrr-liosta airson na h-obrach. Mura faigh neach air a' gheàrr-liosta, thèid a' chèis a thilleadh gun fhosgladh. Thèid iarraidh air an neach-/luchd-iarrtais a shoirbhicheas foirm a lìonadh airson Dearbhadh Pearsanta leasaichte, agus dèiligidh an neach-cruinneachaidh aig Fèisean nan Gàidheal ri seo.

Tha am foirm seo a' faighneachd don neach-iarrtais dè an t-eòlas a th' aca air a bhith ag obair le clann agus tha e ag iarraidh dithis luchd-teiste agus co-dhiù aon dhiubh eòlach air obair, dreuchdail no saor-thoileach, an neach-iarrtais le clann. Nuair nach eil eòlas aig an neach-iarrtais air obair le clann, faodar teisteanas iarraidh bho neach le deagh chliù as urrainn beachdachadh air dè cho freagarrach agus a tha an neach don obair. Feumaidh a' chomataidh dèanamh cinnteach gun cumar fiosrachadh sam bith dìomhair, agus nach dèanar leth-bhreith air an neach-iarrtais.

Bu chòir agallamh a bhith aig gach neach-obrach dreuchdail mus fhaigh iad obair. A thaobh luchd-obrach saor-thoileach, faodaidh sibh a bhith nas sùbailte. Ach anns gach suidheachadh, bu chòir fiosrachadh iarraidh air an eòlas a th' aig an neach air a bhith ag obair le clann. Dh'fhaodadh gur ann tro obair dhreuchdail no saor-thoileach a fhuair iad eòlas, no ann an suidheachadh eile. Ma thachras gu bheil dad san iarrtas a tha a' cur dragh oirbh, bu chòir dhuibh sin a rannsachadh.

Bu chòir don stiùireadh seo buntainn do gach neach a tha ag iarraidh a bhith na neach-obrach, na neach-obrach soar thoileach no na neach-teagaisg aig na Fèisean, as bith cò iad. Cha bu chòir do dhuine sam bith a bhith air fhàgail às.

3 Aig na Fèisean

Bu chòir obair nam Fèisean a bhith air a dhealbh gus nach bi inbheach is pàiste còmhla nan aonar ann an àite far nach fhaic daoine eile iad. 'S dòcha gum feumar dorsan fhàgail fosgailte eadar seòmraichean no gum bi dorsan le glainne anns na seòmraichean.

Feumar cumail ri seo taobh a-muigh thogalaichean cuideachd, mar eisimpleir nuair a tha clann a' siubhal ann an càraichean no busaichean, no air turasan gu amaran-snàmh no goireasan spòrs.

Bu chòir fios a bhith aig a h-uile neach-obrach is neach saor-thoileach air poileasaidh Fèisean nan Gàidheal airson dìon chloinne agus air dè bu chòir tachairt nuair a tha amharas aca gu bheil droch dhìol ga dhèanamh air pàiste.

Bu chòir tuigse mhath a bhith aig luchd-obrach is comataidhean air na dleastanasan aca taobh a-staigh nam Fèisean agus dè thathar a' sùileachadh bhuapa nuair a tha iad ag obair le clann no a' cur tachartasan air dòigh do chloinn. Bu chòir fios a bhith aca air cò dha a tha iad cunntachail, agus co-dhiù tha dleastanasan orra sùil a chumail air clann.

4 Stiùireadh

Bidh Bòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal a' stiùireadh cur an gnìomh Poileasaidh Dìon Chloinne Fèisean nan Gàidheal sa chiad dol-a-mach taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal, agus nì Fèisean nan Gàidheal an dìcheall gus dèanamh cinnteach gun cuir na Fèisean fhèin am poileasaidh an gnìomh.

5 Trèanadh agus Taic

Bheir Fèisean nan Gàidheal taic agus cothroman trèanaidh do gach neach-obrach is neach saor-thoileach gus an urrainn dhaibh am poileasaidh dìon chloinne a chur an sàs gu ceart.

6 Ag Innse/A' Bruidhinn mu Dhraghan

Bidh aithisgean is rannsachaidhean mu chloinn a gheibh bàs tro dhroch dhìol tric a' sealltainn nach robh conaltradh ceart eadar oifigearan dìon chloinne, inbhich eile a bha a' toirt taic dha agus ag obair còmhla ri teaghlach a' phàiste agus an teaghlach fhèin. Gu tric, b' e aon de na prìomh cho-dhùnaidhean: ma bhathar air fiosrachadh a roinn aig an àm cheart, 's dòcha gum biodh am pàiste fhathast beò. Tha e deatamach, ma-tha, gun innis daoine mu na draghan aca (as bith dè cho beag 's a tha iad) do na buidhnean dìon chloinne reachdail. Faodaidh draghan a bhith aca:

- mu shlàinte, adhartas is sonas a' phàiste;
- mu phàrant/neach-cùraim a tha 's dòcha feumach air cuideachadh no nach urrainn coimhead às dèidh a p(h)aiste gu ceart;
- mu dhaoine a tha nan cunnart do chloinn.

Gu tric chan eil e follaiseach gu bheil am pàiste ann an cunnart dha-rìribh gus an tèid fiosrachadh den t-seòrsa seo a thrusadh bho dhiofar dhaoine.

Bu chòir gum faod luchd-obrach, dreuchdail is saor-thoileach, innse don Oifigear Dìon Chloinne ainmichte ann an dìomhaireachd mu dhragh sam bith a th' aca mun dòigh anns a bheil co-obraiche gan giùlan fhèin. Ged a tha e gu math tric doirbh innse mu leithid a dhraghan, tha e cudromach gun innis daoine. Bu chòir luchd-obrach dreuchdail no saor-thoileach bruidhinn ris a' mhanaidsear/stiùiriche aca, no ri cuideigin eile le ùghdarras, ma bheir iad an aire air dad a tha gam fàgail mì-chofhurtail. Feumar daonnan innse mu dhraghan mu dheidhinn càirdeas eadar luchd-obrach dreuchdail/saor-thoileach is clann tro na sianalan iomchaidh. Faodar cuideachd innse don neach-cruinneachaidh/Oifigear Dìon Chloinne aig Fèisean nan Gàidheal. Cha bu chòir do luchd-obrach/luchd saor-thoileach uair sam bith a bhith ri gobaireachd mu dheidhinn neach-obrach eile.

A' Lùghdachadh a' Chunnairt gun tèid Cron a Dhèanamh air Clann
Stiùireadh do na Fèisean

1 Planadh

Cuiribh air dòigh agus cumaibh tachartasan ur Fèise ann an dòigh gus an cunnart gun tèid cron a dhèanamh air clann nuair a tha iad fo ur cùram a lùghdachadh. Bu chòir measaidhean cunnairt a dhèanamh le neach iomchaidh mus tèid tachartas sam bith a chumail (faicibh **Eàrr-ràdh 1** – Meatrags Tomhais Cunnairt)

2 Eòlas air na Daoine a tha a' Gabhail Pàirt

- Bithibh eòlach air a' chloinn
- Bu chòir slatan-tomhais a bhith ann airson pàirt a ghabhail, mar eisimpleir aois
- Bu chòir foirm-clàraidh a bhith ann airson clann, far am bithear, mar eisimpleir, ag innse mu fhiosrachadh meidigeach, fheumalachdan sònraichte, àireamhan fòn ma thachras càil èiginneach m.s.a.a.

3 Eòlas air Luchd-obrach

- Bithibh eòlach air ur luchd-obrach, luchd saor-thoileach is luchd-teagaisg
- Cuiribh an gnìomh dòigh fastaidh mionaideach
- Cumaibh clàr tèarainte den fhiosrachadh a fhuaras nuair a chaidh daoine fhastadh
- Bu chòir clàr-ama obrach a bhith air a shealltainn gu follaiseach; clàr-ama na Fèise

4 Clàradh Fiosrachadh (bu chòir fiosrachadh a chlàradh a rèir laghan is stiùireadh airson Dìon Fiosrachaidh)

- Cumaibh Clàran
- Clàr làthaireachd (bu chòir luchd-teagaisg seo a chumail airson gach clas)
- Leabhar Thubaistean/Thachartasan
- Foirmichean Aontachaidh/Ceadachaidh

5 Cùisean Slàinte & Sàbhailteachd

Gabhaibh os làimh poileasaidhean slàinte is sàbhailteachd, a dhèiligeas ri:

- Inbhean riatanach airson togalaichean is uidheam
- Teas is Fionnarachadh
- Taighean-beaga/Goireasan Nighe
- Earalas a thaobh Teine
- Cothrom air fònaichean
- Goireasan Ciad-chobhair
- Deuchainnean cunbhalach air uidheam
- A' tomhas cunnairt an lùib thachartasan

6 Àrachas

Dèanaibh cinnteach gu bheil àrachas iomchaidh agaibh airson:

- Clann
- Luchd-obrach
- Luchd-obrach Saor-thoileach
- Daoine Eile

(Gheibh gach ball de dh'Fhèisean nan Gàidheal àrachas, gu ìre)

7 A' Cumail Sùil

Nuair a tha sibh a' cumail sùil air clann smaoinichibh air:

- Cia mheud a tha a' gabhail pàirt, dèanaibh cinnteach às cia mheud inbheach a dh'fheumas a bhith ann airson sùil a chumail air an àireamh chloinne a tha an làthair
- Aois agus diofar aoisean na feadhna a tha a' gabhail pàirt
- Dè an seòrsa tachartais/cur-seachad a th' ann
- Far a bheil an tachartas ga chumail
- Feumalachdan sònraichte nan daoine, m.e. ma tha iad ciorramach

8 Nithean bunaiteach mu bhith a' cumail sùil

A' cumail sùil, na bun-phrionnsabalan:

- Cha bu chòir do chlann a bhith air am fàgail leotha fhèin
- Bu chòir fios a bhith aig luchd-obrach càite a bheil a' chlann agus dè tha iad a' dèanamh
- Bu chòir do dh'inbhich sùil a chumail air gnothach sam bith far a bheilear a' cleachdadh uidheam a dh'fhaodadh a bhith cunnartach
- Bidh clann nas sàbhailte ma tha dithis no barrachd inbhich a' cumail sùil orra
- Cha bu chòir leigeil le clann dad cunnartach a dhèanamh
- Mas urrainnear, dèanaibh cinnteach gu bheil ceannard inbheach ann le teisteanas ciad-chobhair

Àireamhan freagarrach de dh'inbhich

Nuair a thathar ag obair le buidhnean de chloinn bu chòir dèanamh cinnteach gu bheil inbhich gu leòr ann airson sùil a chumail orra.

A thaobh tachartasan cùram-cloinne clàraichte, tha Coimisean na h-Alba airson Riaghladh Cùraim (An Coimisean Cùraim) a' moladh nan àireamhan a leanas airson inbhich/clann:

- 1 inbheach airson 3 chloinne fo aois 2 bhliadhna
- 1 inbheach airson 5 chloinne eadar 2 agus 3 bliadhna
- 1 inbheach airson 8 chloinne eadar 3 agus 7 bliadhna
- 1 inbheach airson 15 chloinne eadar 8 agus 16 bliadhna
- 1 inbheach airson 1 phàiste nuair a tha feumalachdan sònraichte aca

Nòta: Chan e dòigh obrach mhath a th' ann uair sam bith 1 inbheach a bhith ag obair nan aonar le pàiste/clann. Tha an Coimisean ag ràdh gum bu chòir co-dhiù 2 inbheach a bhith ann airson sùil a chumail air tachartas cloinne.

Cuideachd a rèir dòighean-obrach matha (agus seo an crochadh air dè an seòrsa tachartais a th' ann):

(a) bu chòir rùm gu leòr a bhith ann;
(b) bu chòir fòn a ghabhas cleachdadh a bhith san togalach;
(c) feumar measaidhean Slàinte is Sàbhailteachd a thaobh cunnairt a dhèanamh;
(d) feumaidh bogsa Ciad-chobhair a bhith ann;
(e) faodar deochan iomchaidh a thoirt seachad ma tha e freagarrach;
(f) bu chòir frithealadh air feumalachdan sònraichte mar as iomchaidh.

Tùs: An Introduction to Child Protection le Sue Wheatley bho Chlann ann an Alba

Stiùireadh do Dhaoine fa leth

1 Bu chòir dhuibh DAONNAN

- Spèis a nochdadh do gach duine mar neach fa-leth
- A bhith gur giùlan fhèin ann an dòigh iomchaidh
- Cuimhneachadh gu bheil còir aig a h-uile duine air prìobhaideachas
- A bhith deònach èisteachd, agus ma dh'fheumas sibh, cuideachadh iomchaidh a shireadh don phàiste
- A bhith tuigseach mu dè as toil agus nach toil le daoine eile
- Feuchainn ri dèanamh cinnteach nach èirich mì-thuigse no oilbheum às na rudan a nì sibh
- Co-fhaireachadh a nochdadh nuair a tha sibh a' dèiligeadh ri cùisean pearsanta
- Nuair as urrainnear, tachartasan a phlanadh gus am bi barrachd is aon duine an làthair, no co-dhiù barrachd is aon duine a chì no a chluinneas na tha a' dol
- Dèanamh cinnteach gu bheil an t-àite far a bheil inbhich, clann is òigridh a' cadal iomchaidh
- Cead fhaighinn bho phàrantan airson dealbhan/bhideothan

2 Cha bu chòir dhuibh UAIR SAM BITH

- Droch dhìol no càineadh a cheadachadh, m.e. burraidheachd, fanaid no magadh
- Buntainn no bruidhinn ri càch ann an dòigh neo-iomchaidh
- Beachd a ghabhail mu dhaoine eile gun a bhith cinnteach às an fhiosrachadh
- Daoine a bhrosnachadh gu bhith gan giùlan fhèin ann an dòigh neo-iomchaidh feuch an toir daoine an aire dhaibh
- Barrachd meas a nochdadh airson cuid a dhaoine seach feadhainn eile
- Nithean pearsanta no drabasta a dhèanamh no a ràdh mu dhaoine eile, fiù 's ann am fealla-dhà
- Sibh fhèin no daoine eile a chur ann an suidheachadh neo-iomchaidh
  (cuimhnichibh gum bu chòir dhuibh a bhith faiceallach mun dòigh-labhairt agaibh agus na briathran a chleachdas sibh nuair a tha sibh a' conaltradh ri clann is òigridh ann an litir/post-d/air a' fòn (làimhe is àbhaisteach))
- Creidsinn nach tachair e dhuibhse

Nuair a thig Droch Dhìol am Follais

An Seòrsa Droch Dhìol
- Corporra – a' dochann no a' feuchainn ri pàiste a dhochann
- Dìmeas air faireachdainnean – dìth gaoil is bàigh
- Feise – inbhich no clann eile a' cleachdadh clann airson toileachadh feise
- Dearmad – gun a bhith a' gabhail cùram airson clann

Dè bu chòir dhuibh a dhèanamh ma thig droch dhìol am follais?
- Na dèanaibh dàil sam bith.
- Na dèanaibh càil nur n-aonar
- Na tòisichibh ga rannsachadh
- Bruidhnibh ris an neach a tha òs ur cionn
- Na bruidhnibh mun droch dhìol ri duine sam bith ach an fheadhainn ris am feum sibh
- Na bruidhnibh mun droch dhìol ri pàrantan a' phàiste (no ri duine sam bith a tha fo amharas), ach nuair a dh'iarras seirbheisean Obair Sòisealta/am Poileas oirbh

Dè bu chòir dhuibh a dhèanamh ma dh'innseas pàiste dhuibh gun deach droch dhìol a dhèanamh orra?
- Cha bu chòir dhuibh uair sam bith gealltainn don phàiste nach innis sibh do dhuine
- Seallaibh dhaibh gu bheil sibh a' creidsinn na tha am pàiste ag ràdh
- Bu chòir dhuibh dèiligeadh ris ann an dòigh neo-phàirteach
- Na cuiribh cuideam orra fiosrachadh a thoirt dhuibh agus na cuiribh ceistean orra a stiùireas am pàiste gus freagairtean sònraichte a thoirt dhuibh.
- Bu chòir dhuibh a bhith mothachail 's dòcha gun deach maoidheadh air a' phàiste
- Cho luath 's as urrainn dhuibh às dèidh làimh, bu chòir dhuibh na thuirt am pàiste a sgrìobhadh sìos
- CUIRIBH CEANN-LATHA is AINM ris a' chlàr a th' agaibh air na casaidean/draghan (faicibh gu h-ìosal)

Ma tha sibh nur ball de chomataidh, neach-obrach saor-thoileach no neach-teagaisg, bu chòir dhuibh fios a chur chun an Oifigeir Dìon Chloinne aig an Fhèis agaibh, agus innsidh iadsan an uair sin do Neach-cruinneachaidh/Oifigear Dìon Chloinne Fèisean nan Gàidheal agus/no don ùghdarras iomchaidh. Bu chòir am foirm airson casaidean/draghan a chlàradh a lìonadh cho luath 's as urrainn, leis an duine a dh'ionnsaich mun droch dhìol. (**Eàrr-ràdh 10**)

Cha bu chòir do neach-obrach, neach saor-thoileach no a' bhuidheann fhèin feuchainn ri dèiligeadh ris an droch dhìol iad fhèin.

Poileasaidh Dìomhaireachd
Tha a' bhuidheann ag obair a rèir a' phrionnsabail gu bheil clann is òigridh a thig thuca ag iarraidh comhairle no fiosrachadh ann an dìomhaireachd air dearbhadh gu bheil iad ciallach gu leòr, agus gum bu chòir dèiligeadh riutha gu dìomhair. Tha seo a' ciallachadh, san fharsaingeachd, nach tèid fiosrachadh sam bith a thug pàiste no òganach seachad ann an dìomhaireachd a sgaoileadh taobh a-muigh Fèisean nan Gàidheal. Nuair a tha amharas ann gun do rinneadh droch dhìol, FEUMAR innse mun chùis do sheirbheisean Obrach Sòisealta agus/no am Poileas, anns na dòighean a chithear fo "Nuair a thig Droch Dhìol am Follais" (td12). 'S e an rud as cudromaiche math a' phàiste, agus ma tha am pàiste ann an cunnart, chan urrainnear cùisean a chumail dìomhair.

Tha dìomhaireachd a' buntainn ri Fèisean nan Gàidheal mar bhuidhinn, chan eil i a' buntainn ri gach neach-obrach, dreuchdail no saor-thoileach, fa-leth. Mar sin faodaidh luchd-obrach dreuchdail is saor-thoileach bruidhinn ri càch a chèile ann an dòigh iomchaidh mu chùisean agus cha bhi sin a' dol an aghaidh poileasaidh na buidhne. 'S dòcha gum feum an leithid a chòmhraidhean a bhith ann ma tha neach-obrach no neach saor-thoileach a' dol a chuideachadh pàiste no òganach, no ma tha iad a' dol a dhèanamh cinnteach gum fritheilear air feumalachdan sònraichte pàiste no òganach. Ge-tà, feumar a bhith faiceallach mu bhith a' toirt seachad fiosrachadh a fhuaras ann an dìomhaireachd, agus bu chòir dhuibh feuchainn ri gabhail ri toil a' phàiste no an òganaich cho fad 's as urrainn dhuibh, fiù 's nuair a thig e gu bhith a' bruidhinn ma dheidhinn taobh a-staigh na buidhne.

Feumar dèiligeadh ri fiosrachadh a gheibhear bho luchd-obrach, luchd saor-thoileach no iarrtasan mus fhaigh iad obair ann an dìomhaireachd, agus cha bu chòir a chleachdadh gus leth-bhreith a dhèanamh. Feumar dèiligeadh ri fiosrachadh sam bith co-cheangailte ri mar a thàinig droch dhìol am follais le ciall agus ann an dìomhaireachd.

Dìon is Stòradh Fiosrachaidh Pearsanta (Faicibh cuideachd an earrainn mu Stòradh Tèarainte is Làimhseachadh Fiosrachaidh, td 15)
Dìon fiosrachaidh: prionnsabalan is dòighean-obrach
Feumaidh Fèisean nan Gàidheal agus na Fèisean fiosrachadh pearsanta a chruinneachadh mu dhaoine a tha a' gabhail pàirt, luchd-teagaisg, luchd-obrach saor-thoileach m.s.a.a. Mar eisimpleir, tha feum againn air ainmean gus an cur air teisteanasan, seòlaidhean gus fiosrachadh a chur gu daoine, agus làithean-breith gus eadar-dhealachadh a dhèanamh eadar daoine leis an aon ainm. Feumaidh sinn cuideachd fiosrachadh a chumail mu na rinn daoine gus an urrainn dhuinn teisteanasan-ionnsachaidh, teisteanasan-obrach m.s.a.a. a thoirt seachad. Mar as àbhaist, dh'fheumadh duine sam bith a bha a' dol a ghabhail pàirt sna Fèisean fiosrachadh mar seo a thoirt dhuinn, no don Fhèis ionadail.

Chan fhaigh ach àireamh chuibhrichte de dhaoine sùil air an fhiosrachadh seo, ach bidh sinn ga roinn le daoine an sàs ann am foghlam, trèanadh agus ceòl nuair a bhios sin iomchaidh, m.e. fiosrachadh mu luchd-teagaisg air a roinn taobh a-staigh saoghal a' chiùil thraidiseanta, fiosrachadh pearsanta do CRBS airson fiosrachadh pearsanta a dhearbhadh m.s.a.a. Bidh sinn cuideachd a' toirt staitistearachd do Riaghaltas na h-Alba, SAC is eile, agus bidh sinn a' toirt fiosrachadh do dhaoine a tha dèanamh shuirbhidhean oifigeil.

Cha bhi sinn uair sam bith a' toirt fiosrachadh do bhuidhnean a tha a' sgaoileadh stuthan margaidheachd no ri iomairtean den t-seòrsa sin.

Tha sinn clàraichte le Coimiseanair an Fhiosrachaidh, Taigh Wycliffe, Caolraid an Uisge, Wilmslow, Cheshire, SK9 5AF. 'S e Z7O 84687 an àireamh chlàraichte againn agus faodar coimhead air an fhiosrachadh aig www.dataprotection.gov.uk agus air fiosrachadh eile mu dhìon fiosrachaidh.

A' Togail Dhealbhan (Dealbhan is Filmichean Bhidio)
Gu math tric, bidh pàrantan is seann-phàrantan, mar eisimpleir, ag iarraidh dealbhan a thogail den chloinn nuair a tha iad ri cur-seachadan còmhla ri an caraidean, agus chan eil Fèisean nan Gàidheal ag iarraidh stad a chur air sin.

Mas e 's gun deach neach-togail-dhealbh fhastadh gus dealbhan a thogail aig tachartas airson nam meadhanan, bu chòir gun tèid cead iarraidh bhon chloinn agus na pàrantan/luchd-cùraim, agus bu chòir ball den chomataidh a bhith an làthair nuair a thathar a' togail dhealbhan. Bu chòir Fèisean ceist a chur air foirmichean, airson àite a ghleidheadh aig tachartas/clas, a' sireadh cead bho phàrantan airson 's gum faod an cuid chloinne nochdadh ann an dealbhan, agus bu chòir gabhail ris an fhreagairt aca. Faodaidh deagh adhbhar a bhith aig daoine a tha ag iarraidh prìobhaideachas, boireannach is pàiste a' teicheadh bho chompanach ainneartach, mar eisimpleir. Ann an dealbhan, bu chòir aodach

freagarrach a bhith air a' chloinn a thaobh na tha iad a' dèanamh, agus cha bu chòir pàiste fa leth a bhith air ainmeachadh ann am fo-thiotal m.s.a.a. Thachair gun deach cuid a chlann a dheisealachadh airson droch dhìol às dèidh do dhealbhan a bhith air am foillseachadh le fiosrachadh man deidhinn. (Faicibh www.iwf.org.uk)

Bu chòir do chlann a bhith air an dìon cuideachd le bhith dèanamh cinnteach nach tèid dealbhan dhiubh a chleachdadh ann an dòigh neo-iomchaidh, ann an clò no air an eadar-lìon, agus ma chithear cuideigin aig nach eil ceangal ris an tachartas a' togail dhealbhan de chloinn, a rèir deagh dhòighean-obrach bu chòir gun tèid an ceasnachadh. 'S dòcha gu bheil adhbhar math aca, a leithid clàradh eachdraidh na coimhearsnachd , rannsachadh sgoilearach, 's e neach-turais a th' annta, no tha iad gan togail mar chur-seachad, m.s.a.a. Ma tha luchd-eagrachaidh a' faireachdainn mì-chofhurtail mu chuideigin a tha a' togail dhealbhan, bu chòir dhaibh iarraidh gu modhail orra stad. 'S dòcha gum bi Fèisean fa leth airson iarraidh air pàrantan is luchd-amhairc eile clàradh gu bheil iad an dùil dealbhan a thogail aig tachartasan, agus gum faigh iad sin cairt-ceadachaidh. Faodaidh sibh an uair sin luchd-togail-dhealbh nach do chlàraich aithneachadh gu furasta, agus faodar iarraidh orra stad a thogail dhealbhan no falbh. Dhèanadh fiosrachadh air postairean, m.s.a.a., soilleir nach fhaodar dealbhan a thogail gun chead, agus cha bhiodh e cho buailteach gum feumadh sibh bruidhinn ri cuideigin.

Bu chòir cuimhneachadh, san fharsaingeachd, nach eil e mì-laghail dealbhan a thogail ann an àite poblach, ged a tha e toirmisgte dealbhan a thogail aig tòrr thachartasan a-staigh san latha a th' ann air sgàth chòraichean, no gus nach bi am flais a' cur dragh air daoine. Cha bu chòir Achd Saorsa an Fhiosrachaidh a bhith air a chleachdadh mar adhbhar gus togail dhealbhan-camara a thoirmeasg aig tachartasan. Tha Achd Saorsa an Fhiosrachaidh a' dèiligeadh ri dealbhan oifigeil airson ceadan-aithneachaidh, cairtean airson ballrachd ann an club, agus m.s.a.a., agus bu chòir dealbhan co-cheangailte ri fiosrachadh pearsanta a stòradh gu tèarainte a rèir stiùireadh airson Dìon Fiosrachaidh. (Faicibh am Poileasaidh Dìon Fiosrachaidh)

Co-ionannachd Chothroman is In-ghabhail (earrainn bho Phoileasaidh Co-ionannachd Chothroman a chithear gu h-iomlan ann an **Eàrr-ràdh 11** den sgrìobhainn seo)
Daoine a ghabhas pàirt ann an tachartasan Fèisean nan Gàidheal agus nam Fèisean

Tha Fèisean nan Gàidheal ag iarraidh gum bi cothroman co-ionann aig daoine a tha a' gabhail pàirt ann an tachartasan a tha gan cumail leis a' bhuidhinn, no às leth na buidhne, a dhol an sàs annta. Tha seo a' gabhail a-steach Fèisean a tha nam buill de dh'Fhèisean nan Gàidheal.

Tha sinn a' gealltainn gum faod duine sam bith a tha ag iarraidh pàirt a ghabhail ann an tachartas Fèisean nan Gàidheal – agus sna Fèisean – sin a dhèanamh agus cha toir cinneadh, dath, freumhan cinneachail no dùthchail, suidheachadh pòsaidh, gnè, taobhadh feise, ciorram no creideamh buaidh sam bith air an sin.

Tha e mar dhleastanas air ar luchd-obrach is buill uile dèanamh cinnteach gu bheil cothrom co-ionann aig a h-uile neach dol an sàs ann an cùisean. Ge-tà, tha dleastanasan sònraichte aig buill de chomataidhean nam Fèisean, Stiùiriche Fèisean nan Gàidheal agus buill a' Bhùird a tha an sàs ann a bhith a' cur thachartasan air dòigh.

Ma tha neach sam bith a' smaoineachadh nach deach dèiligeadh riutha gu cothromach, faodaidh iad bruidhinn ri Cathraiche na Fèise, no Stiùiriche Fèisean nan Gàidheal ma bha Cathraiche na Fèise an sàs sa chùis.

Ma thathar a' smaoineachadh gun deach dèiligeadh ri neach ann an dòigh mhì-chothromach aig tachartas Fèisean nan Gàidheal, faodar a' chùis a thogail le Stiùiriche Fèisean nan Gàidheal, no an Cathraiche, ma tha an Stiùiriche an sàs sa chùis.

Poileasaidh air Làimhseachadh, Cleachdadh, Stòradh is Gleidheadh Fiosrachaidh bho Dhearbhaidhean Pearsanta gu Tèarainte
A rèir a' Chòd Obrachaidh a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba fo earrainn 122 de Achd a' Phoilis 1997, airson daoine clàraichte agus daoine eile a gheibh Fiosrachadh bho Dhearbhaidhean Pearsanta, nì Fèisean nan Gàidheal cinnteach às na cleachdaidhean a leanas.

1 Chan iarrar Dearbhadh Pearsanta ach nuair a dh'fheumar agus nuair a tha e iomchaidh a thaobh dreuchd shònraichte, agus cha chleachdar am fiosrachadh bhon teisteanas dearbhaidh ach airson adhbharan fastaidh.

2 Nì Fèisean nan Gàidheal cinnteach às gun aontaich an neach mus iarrar dearbhadh pearsanta, agus iarrar an cead mus tèid am fiosrachadh a sgaoileadh air adhbhar eile a thuilleadh air adhbharan fastaidh.

3 Cha roinnear fiosrachadh bho dhearbhadh pearsanta ach le daoine bu chòir coimhead air an lùib nan dleastanasan obrach aca.

4 Nuair a gheibh Fèisean nan Gàidheal fiosrachadh a bharrachd tro dhearbhadh pearsanta ach nach fhaigh an neach-iarrtais am fiosrachadh sin, cha toir Fèisean nan Gàidheal am fiosrachadh sin don neach-iarrtais, ach innsidh sinn dhaibh gu bheil fiosrachadh a bharrachd ann, ma bheir am fiosrachadh sin buaidh air a' phròiseas fhastaidh.

5 Bidh fiosrachadh bho dhearbhaidhean pearsanta air a chumail ann an ciste ghlaiste nach gabh a ghluasad, airson suas ri 6 mìosan. Chan fhaigh ach daoine le cead am fiosrachadh seo fhaicinn tro na dleastanasan obrach aca cothrom air a' chiste seo fhosgladh.

6 Thèid fiosrachadh bho dhearbhaidhean pearsanta a chur na stiallan le inneal.

7 Cha dèanar lethbhreac de dh'fhiosrachadh bho dhearbhadh pearsanta. Ge-tà, thèid am fiosrachadh a leanas a chumail:-
- Ceann-latha a chaidh am fiosrachadh pearsanta fhoillseachadh
- Ainm an neach
- Seòrsa Dearbhaidh Pearsanta
- Dreuchd don deach an dearbhadh iarraidh
- Àireamh shònraichte an dearbhaidh phearsanta
- Fios mu mar a chaidh don iarrtas-obrach

8 Nì Fèisean nan Gàidheal cinnteach às gu bheil fios aig gach neach-obrach aig a bheil cead coimhead air fiosrachadh bho dhearbhaidhean pearsanta mun phoileasaidh seo agus gum faigh iad trèanadh is taic iomchaidh.

9 Bheir Fèisean nan Gàidheal lethbhreac den phoileasaidh seo, agus an Còd Obrachaidh a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba fo earrainn 122 de Achd a' Phoilis 1997, do neach sam bith a chuireas a-steach airson obair aig Fèisean nan Gàidheal far am feumar dearbhadh pearsanta.

Tha Fèisean nan Gàidheal tro am Poileasaidh Co-ionannachd Chothroman, agus seo na earrainn dheth, ag iarraidh dèanamh cinnteach gun dèiligear ri gach neach-iarrtais airson obraichean aig a' bhuidhinn gu cothromach.

Dleastanasan an Oifigeir Dìon Chloinne (aig na Fèisean) – Tha na nòtaichean seo nam pàirt den Phoileasaidh Dìon Chloinne

San dreuchd:

1 Nì iad cinnteach às gun deach fiosrachadh pearsanta luchd-teagaisg, luchd-stiùiridh, dràibhearan, luchd-obrach nam bùithtean-bìdh, luchd-cuideachaidh saor-thoileach agus duine sam bith eile a bhios a' dèiligeadh ri clann a "dhearbhadh" le *Fèisean nan Gàidheal* taobh a-staigh na dà bhliadhna a dh'fhalbh, no san ùine a dh'fhaodas Neach-cruinneachaidh Fèisean nan Gàidheal aontachadh na àite.

2 Nì iad cinnteach gu bheil na teisteanasan agus fèin-chunntasan a fhuaras bho gach neach-obrach/neach saor-thoileach ceart gu leòr.

3 Nì iad cinnteach gu bheil gach neach-teagaisg/neach-stiùiridh/neach saor-thoileach eòlach air Poileasaidh Dìon Chloinne Fèisean nan Gàidheal, agus gu bheil leth-bhreac den gheàrr-chunntas sa "Chairt Bhuidhe" aca. Nì a' mhòr-chuid de dh'Fhèisean cinnteach às an seo aig na tachartasan inntrigidh do luchd-teagaisg a thèid a chumail ro gach Fèis.

4 Nì iad cinnteach gu bheil fios aig luchd-teagaisg/luchd-stiùiridh/luchd saor-thoileach gum bu chòir dhaibh innse don Oifigear sa chiad dol-a-mach ma tha dragh aca co-cheangailte ri dìon chloinne, agus nach bu chòir dhaibh fhèin a' chùis a rannsachadh.

5 Ma gheibh iad fios mu dhraghan, no ma dh'innseas pàiste mu dhroch dhìol, cuiridh iad am fiosrachadh seo air adhart gu Neach-cruinneachaidh Fèisean nan Gàidheal a bhruidhneas ris na h-ùghdarrasan freagarrach.

6 Nì iad cinnteach gun d' fhuaras Cead bho Phàrantan airson gach pàiste agus gun deach am foirm a lìonadh, agus gun deach am fiosrachadh a sgaoileadh am measg luchd-obrach aig am "feum fios a bhith", agus gu bheilear a' cumail an fhoirm a rèir phrionnsabalan Dìon Fiosrachaidh.

7 Nì iad cinnteach gu bheil brath-naidheachd sam bith, agus na dealbhan a thig na chois, a' coileanadh stiùireadh Dìon Chloinne, m.e. chan fhaodar pàistean fa leth ainmeachadh ann an dealbh le grunn phàistean (faodar fo-thiotal farsaing a chleachdadh, an àite "aig a' chùl, clì gu deis..."), agus chan fhaodar le dealbh de aon phàiste ainm a' phàiste a nochdadh, m.e. "Tha gille/nighean òg a' cluich na clàrsaich aig Fèis an Earraich". Thèid na cothroman gus clann "a dheisealachadh" airson droch dhìol a lùghdachadh. Bu chòir Cead nam Pàrantan fhaotainn airson dealbhan fhoillseachadh gu poblach.

8 Nì iad cinnteach gun lean Fèisean an stiùireadh aca fhèin agus stiùireadh Fèisean nan Gàidheal a thaobh dìon chloinne, m.e. gum bi an uiread as lugha as urrainnear de chlasaichean le aon neach-teagaisg is aon phàiste, gu bheil àiteachan-fuirich air an rèiteach gu h-iomchaidh, agus nach gabhar ri inbhich no clann a tha gan giùlan fhèin ann an dòigh neo-iomchaidh.

9 Faodaidh pàrantan/luchd-cùraim tighinn thuca "sa chiad dol-a-mach" ma tha dragh aca mu mhath am pàiste aig Fèis, agus bu chòir don Oifigear innse do na pàrantan/luchd-cùraim mu chàil chudromach a thachras dom pàiste.

10 Nì iad cinnteach gun tèid cunnartan an lùib tachartasan nam Fèisean a thomhas mar bu chòir agus cuiridh iad an sàs siùil smachdachaidh sam bith a dh'fheumar mus tèid na tachartasan air adhart. Faodaidh Oifigear Slàinte & Sàbhailteachd aig an Fhèis an obair seo a dhèanamh, ach 's ann an urra ris an Oifigear Dìon Chloinne a tha e gun dèanar an obair seo ceart. Chithear eisimpleirean de dh'fhoirmichean airson cunnart a thomhas ann an Eàrr-ràdh 1 den Phoileasaidh Dìon Chloinne, Bu chòir foirmichean tomhas cunnairt a chumail airson co-dhiù 6 mìosan às dèidh an tachartais. Bu chòir gun tèid sùil às ùr a thoirt air cunnartan gach turas a thèid an tachartas air adhart, m.e. gach bliadhna ron Fhèis, agus mus tèid na seiseanan a chumail a bhios a' togail air clasaichean na Fèise.

11 Bheir iad sùil gu cunbhalach air na siùil dìon chloinne aig an Fhèis aca fhèin, agus innsidh iad do Chomataidh na Fèise agus do dh'Fhèisean nan Gàidheal mu dhòigh sam bith a dh'fhaodar na siùil sin a leasachadh.

12 Cumaidh iad clàr den Phoileasaidh, Siùil is Clàraidhean Dìon Chloinne agus cuiridh iad an sàs ùrachadh sam bith a gheibhear bho Fhèisean nan Gàidheal air iad sin, agus thèid iad gu clasaichean is co-labhairtean trèanaidh a dh'fhaodadh a bhith ann bho àm gu àm.

EÀRR-RÀDHAN

Eàrr-ràdh 1									
Fèisean nan Gàidheal									
Meatrags Tomhais Cunnairt airson dà thachartas Fèise									
Ceann-latha:				Àite:					
EISIMPLEIR									
	Cunnart sa chiad dol-a-mach				**Cunnart a-nis**				
Tachartas	Ìre Cunnairt	Buailteachd	Cunnart	Gnìomh Smachdachaidh	Ìre Cunnairt	Buailteachd	Cunnart	Air a thomhas le:	Ainm/Ceann-latha
Fidheall 8 - 13:									
Bogha air a chur an sùil cuideigin	4	2	8	Cumaibh sùil orra fad an t-siubhail	4	1	4	Ainm	
				Bruidhinn ris a' chloinn mu shàbhailteachd					
A' sreap air Àirneis air a chàrnadh ann an seòmar-teagaisg	5	5	25	Cumaibh sùil orra fad an t-siubhail	3	1	3	Ainm	
				Bruidhinn ris a' chloinn mu shàbhailteachd					
Cuairt Eachdraidh									
Duilgheadasan meidigeach									
(A' Chuing, m.s.a.a.)	5	3	15	Foirmichean meidigeach air an leughadh	3	1	3	Ainm	
				Fhuaras cead sònraichte bho na pàrantan					
Tubaist	5	3	15	Uidheam Ciad-chobair, cumail sùil ceart orra, fòn-laimhe (a thogas signal)	3	2	6	Ainm	
(an crochaidh air an t-slighe)									
Droch-shìde (dè an t-àm den bhliadhna)	3	1	3	Aodach blàth, deochan teth, bròg an dìonach	1	1	1	Ainm	
Cron le no air:									
Sprèidh (Crodh/Tarbh	Up to 5	2	10	Gabh slighe eile gus na beathaichean a sheachnadh	1	1	1	Ainm	
Caoraich	3	1	3	Gabh slighe eile gus na beathaichean a sheachnadh	1	1	1	Ainm	
Galaran bho bheathaichean (EZA, Hydatid, F&M …, a rèir an àm dhen bhliadhna agus dè cho cumanta sa tha iad	5	1	5	Gabh slighe eile gus na beathaichean a sheachnadh, agus innis don chloinn mu na cunnartan	2	1	2	Ainm	
Cunnart 1 (beag) - 5 (uabhasach mòr) Buailteachd 1 (gu math eu-coltach) - 5 (uabhasach coltach) Cunnart = (cunnart x buailteachd) Cunnart a tha ceart gu leòr = 6 no nas lugha									

Meatrags Tomhais Cunnairt - Fèisean nan Gàidheal									
Ceann-latha:				Àite:					

	Cunnart sa chiad dol-a-mach				**Cunnart A-nis**				
Tachartas & Daoine an Cunnart	Ìre Cunnairt	Buailteachd	Cunnart	Gnìomh Smachdachaidh	Ìre Cunnairt	Buailteachd	Cunnart	Air a thomhas le:	Ainm/Ceann-latha
Cunnart 1(beag) - 5 (uabhasach mòr) Buailteachd 1 (gu math eu-coltach) - 5 (uabhasach coltach) Cunnart = (cunnart x buailteachd) Cunnart a tha ceart gu leòr = 6 no nas lugha									

Eàrr-ràdh 2
Fèisean nan Gàidheal
Ciad Litir a chuirear còmhla ri pasgan iarrtais airson obair.
(Bu chòir an litir seo a chleachdadh airson luchd-obrach (sealach is maireannach) agus luchd-obrach saor-thoileach)

[Ainm is seòladh na buidhne]

[Àireamh fòn na buidhne]
[Seòladh post-d is làrach-lìn na buidhne, ma tha fear ann]

[Ceann-latha na litreach]

[Seòladh an neach-iarrtais]

[Ainm an neach-iarrtais] Chòir

Tapadh leibh airson ùidh a nochdadh san obair seo. An cois na litreach seo tha:

- Tuairisgeul na h-Obrach
- Foirm-iarrtais
- Foirm Fèin-chunntais
- Stiùireadh air an Fhoirm Fèin-chunntais

Tha mi an dòchas gun cuir sibh crìoch air an fhoirm-iarrtais seo agus gun till sibh thugam e. Cuiribh crìoch air an fhoirm fèin-chunntais cuideachd agus cuiribh thugam e sa chèis a fhuair sibh. Chan fhosglair a' chèis mura faigh sibh agallamh. Mura faigh sibh agallamh, thèid am foirm a thilleadh thugaibh sa chèis gun fhosgladh.

Cuiribh fios thugam ma tha tuilleadh fiosrachaidh a dhìth oirbh no ceistean agaibh. Chithear an àireamh fòn agam gu h-àrd.

Tha mi an dòchas gun cluinn mu bhuaibh.

Leis gach deagh dhùrachd,

[Ainm an neach ris a bheil e an urra luchd-obrach a thaghadh no a rannsachadh]

Litir stèidhichte air obair le Apex Alba.

Eàrr-ràdh 3
Fèisean nan Gàidheal
Foirm-iarrtais airson obraichean far am bithear a' dèiligeadh ri clann no òigridh

Feumaidh gach neach iarrtais, airson obraichean far am bi sibh a' dèiligeadh ri clann no òigridh, crìoch a chur air an fhoirm-iarrtais seo

EARRAINN A: Fiosrachadh mur Deidhinn

Tiotal:
Ciad Ainm:
Sloinneadh:
Ainmean eile a bh' oirbh roimhe:
Seòladh:
Còd Puist:
Dè cho fad 's a tha sibh air a bhith a' fuireach aig an t-seòladh gu h-àrd?
Mas ann nas lugha na 12 mìos, thoiribh dhuinn an seòladh a bh' agaibh roimhe (le còd puist). An seòladh a bh' agaibh roimhe (le còd puist): Dè cho fad 's a bha sibh a' fuireach an sin?

EARRAINN B: An obair dhreuchdail/saor-thoileach a th' agaibh an-dràsta no an obair mu dheireadh a bh' agaibh:

Ainm na buidhne:
Seòladh na buidhne:
Geàrr-iomradh air ur n-obair is dleastanasan:
Thoiribh dhuinn an t-adhbhar a tha sibh a' fàgail

EARRAINN C: Thoiribh dhuinn fiosrachadh mu eòlas sam bith a th' agaibh air coimhead às dèidh agus/no ag obair còmhla ri clann is òigridh.

EARRAINN D: Innsibh dhuinn mu theisteanasan, trèanadh agus/no buadhan pearsanta a tha sibh den bheachd a tha gur n-uidheamachadh gus obair le clann is òigridh. Ma dh'fheumas sibh, cleachdaibh duilleag eile airson am fiosrachadh seo a sgrìobhadh.

EARRAINN E: Teisteanasan – thoiribh dhuinn ainm is seòlaidhean conaltraidh airson dithis luchd-teiste iomchaidh. Bu chòir eòlas a bhith aig aon dhiubh co-dhiù air obair sam bith a rinn sibh le clann no òigridh.

Ainm:	Ainm:
Buidheann: (ma the tè ann)	Buidheann: (ma tha tè ann)
Seòladh:	Seòladh:
Fòn:	Fòn:
Ciamar a tha sibh eòlach air an neach seo (caraid, co-obraiche, m.s.a.a.)	Ciamar a tha sibh eòlach air an neach seo (caraid, co-obraiche, m.s.a.a.)

EARRAINN F: Siùil Ro-sgrùdaidh

Airson na dreuchd seo feumar foirm fèin-chunntais a lìonadh agus feumar Dearbhadh Pearsanta aig **Ìre Choitcheann no Leasaichte**. Chan iarrar Dearbhaidhean Pearsanta ach airson luchd-iarrtais a tha sinn ag iarraidh fhastadh.

(i) Foirm Fèin-chunntais: Seallaibh dhuinn gu bheil sibh air foirm fèin-chunntais a lìonadh agus a thilleadh thugainn ann an cèise le ar seòladh oirre.

Cuiribh strìochag an seo: ☐

(ii) Dearbhadh Pearsanta: Seallaibh dhuinn gu bheil sibh a' tuigsinn gum feumar Dearbhadh Pearsanta a dhèanamh oirbh agus gu bheil sibh toilichte gun tachair sin ma tha sinn ag iarraidh ur fastadh ann an dreuchd far am bi sibh ag obair le clann.

Cuiribh strìochag an seo: ☐

EARRAINN G: Gealladh

Tha mi a' dearbhadh gu bheil am fiosrachadh a thug mi seachad san fhoirm seo fìor agus ceart.

Ainm-sgrìobhte _____**Ceann-latha**_____

Tapadh leibh airson am foirm-iarrtais seo a lìonadh. Tillibh e chun an neach aig an t-seòladh gu h-ìosal:

[Sgrìobhaibh an t-ainm is seòladh iomchaidh an seo]

Dèiligear ris an fhiosrachadh a bheir sibh dhuinn ann an làn-dhìomhaireachd.

Eàrr-ràdh 4
Fèisean nan Gàidheal
Foirm Fèin-chunntais airson dreuchd a dh'fheumas Dearbhadh Pearsanta Coitcheann no Leasaichte

Prìobhaideach is dìomhair
Tha e mar phoileasaidh don bhuidhinn seo gum feum gach neach-iarrtais, airson obair a bhios a' dèiligeadh ri clann is òigridh, crìoch a chur air foirm fèin-chunntais. Mus lìon sibh am foirm seo, thoiribh sùil air an stiùireadh a gheibhear an cois an fhoirm seo.

Pàirt A: Dìtidhean Eucorach a bh' agaibh.
Ri lìonadh airson obraichean a dh'fheumas Dearbhadh Pearsanta Coitcheann no Leasaichte

Ceann-/Cinn-latha (n)an dìtidh(ean):
Cùirt(ean) far an cualas ur dìteadh/dìtidhean:
Seòrsa Eucorach/Eucoirean:
Binn a fhuaras
Thoiribh na h-adhbharan is an suidheachadh a bha air cùl ur n-eucorach
Innsibh mu mar a chaidh a' bhinn agaibh a choileanadh, (mar eisimpleir, an do phàigh sibh a' chàin mar bu chòir; dè na cùmhnantan a bha an cois ur pròbhaidh/seirbheis coimhearsnachd/làthaireachd fo stiùireadh; an do chuir sibh seachad ùine fo ghrèim a rèir na binne?

An tug buidhnean eile taic dhuibh gus fuasgladh fhaighinn air gin de na cùisean/duilgheadasan gu h-àrd?
Dè dh'ionnsaich sibh bho na thachair?

Pàirt B – Fiosrachadh mu mar a chaidh ur peanasachadh nur n-obair ri linn mar a dhèilig sibh ri clann agus òigridh.
Ri lìonadh airson obraichean a dh'fheumas Dearbhadh Pearsanta Coitcheann no Leasaichte

An deach ur peanasachadh airson a bhith gur giùlan fhèin ann an dòigh neo-iomchaidh le clann no òigridh 's dòcha a rinn cron orra no a chuir iad an cunnart cron fhulang? **CHAIDH/CHA DEACH** Ma CHAIDH, innsibh ma dheidhinn.

Pàirt C: Rannsachaidhean Poilis – bu chòir fiosrachadh poilis iomchaidh a bhith air a shealltainn an lùib seo far nach deach ur dìteadh. Ri lìonadh airson obraichean a dh'fheumas Dearbhadh Pearsanta Coitcheann no Leasaichte.

Ceann-latha (n)an rannsachaidh(ean):
An Roinn Phoilis an sàs ann:
Fiosrachadh mun rannsachadh/mu na rannsachaidhean
Innsibh mu na h-adhbharan is suidheachadh a bu choireach gun deach ur rannsachadh:

Peanas(an) a fhuaras taobh a-muigh na cùirte, ma bha gin ann:

A bheil sibh, no an robh sibh riamh, air a chomharrachadh mar neach a tha cunnartach no a dh'fhaodadh a bhith cunnartach do chloinn le Roinn Obrach Sòisealta/Roinn Sheirbheisean Sòisealta (ann an Sasainn is sa Chuimrigh)?

THA/CHAN EIL

Ma tha, innsibh ma dheidhinn.

Pàirt D: Achd Dìon Chloinne (Alba) 2003. Fèin-chunntas

Mus fhreagair sibh a' cheist gu h-ìosal, leughaibh na nòtaichean a leanas

Tha Earrainn 11 de *Achd Dìon Chloinne (Alba) 2003* **a' stèidheachadh eucoir ùr airson neach sam bith a tha air an toirmeasg bho bhith ag obair le clann**, ma chuireas iad a-steach airson dreuchd chùram cloinne, ma thabhainneas iad an leithid a dh'obair a dhèanamh, ma ghabhas iad ris no ma nì iad an leithid a dh'obair. Bidh buidheann cuideachd air eucoir a dhèanamh ma bheir iad obair (dreuchdail no gun phàigheadh) le fios do chuideigin a tha air an toirmeasg bho obair chùram cloinne.

Tha Earrainn 17 de *Achd Dìon Chloinne (Alba) 2003* a' cur an cèill dè th' ann an "toirmisgte bho bhith ag obair le clann". **Tha e a' ciallachadh gu bheil òrdain toirmisg a bha a' buntainn ri Sasainn is a' Chuimrigh a-mhàin a-nis a' buntainn ri Alba**. Tha neach air an toirmeasg bho bhith ag obair le clann ma tha iad:

- Air an Liosta Dhaoine (gu h-oifigeil agus chan e dìreach air chùmhnant) air an Toirmeasg bho bhith ag Obair le Clann a chaidh a stèidheachadh fo earrainn 1(1) de *Achd Dìon Chloinne (Alba) 2003;*
- Air an Liosta (gu h-oifigeil) fo earrainn 1 de *Achd Dìon Chloinne 1999*;
- Air Liosta 99 agus fo stiùireadh – a rèir fo-earrainn (1)(a) de earrainn 142 (air an toirmeasg bho theagasg m.s.a.a.) de *Achd an Fhoghlaim 2002* – air na h-adhbharan a chithear ann am fo-earrainn (4)(b) den earrainn sin, gun a bhith a' dèanamh obair ris am buin an earrainn sin;
- Air Òrdan Toirmisg fhaighinn fo *Achd Ceartas Eucorach is Sheirbheisean Cùirte 2000.*

Gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' coileanadh nan laghan dìon chloinne ùr, thoiribh gealladh dhuinn mar a leanas.

Tha mise _____ [ainm slàn ann an litrichean mòra]

aig [seòladh]_____

_____

a' dearbhadh nach eil mi fo òrdan toirmisg mar a gheibhear fo earrainn 17 de *Achd Dìon Chloinne (Alba) 2003*

NO

tha mi air mo thoirmeasg bho bhith ag obair le clann fo

_____

Tha mi a' tuigsinn gum faod mo dhìteadh ma bheir mi seachad fiosrachadh fallsa.

Ainm-sgrìobhte _____ **Ceann-latha** _____

Pàirt E: Gealladh.
Ri lìonadh le gach neach-iarrtais

Tha mi a' gealltainn agus a' cur an cèill nach deach mo dhìteadh, no nach d'fhuair mi binn, ann an cùirt airson eucoir (ach an fheadhainn mun do dh'innis mi gu h-àrd) ann am Breatainn no thall thairis aig àm sam bith.

Tha mi a' toirt cead do [ainm na buidhne] dearbhadh pearsanta (ma tha e iomchaidh) a dhèanamh orm agus teisteanasan iarraidh airson dèanamh cinnteach às na freagairtean a thug mi sa chunntas seo, agus seo a' gabhail a-steach ceistean gu ùghdarras iomchaidh sam bith.

Tha mi ag aontachadh innse do [ainm na buidhne] ma thèid mo dhìteadh airson eucoir às dèidh dhomh tòiseachadh ag obair dhaibh. Tha mi a' tuigsinn mura dèan mi seo 's math dh'fhaoidte gun tèid stad a chur orm, sa bhad, a bhith ag obair le clann airson na buidhne agus/no gun caill mi m' obair.

Ma gheibh mi obair, tha mi ag aontachadh gun cùm mi ri Còd Obrachaidh na buidhne agus am Poileasaidh is Stiùireadh Dìon Chloinne.

Tha mi ag aontachadh cumail ris na cùmhnantan gu h-àrd agus tha mi a' gealltainn gu bheil am fiosrachadh san fhoirm seo fìor agus ceart cho fad 's as aithne dhomh, agus tha mi a' tuigsinn gum faodar mo chasg bho bhith ag obair le clann sa bhad, no gum faod mi m' obair a chall, ma bheir mi seachad fiosrachadh fallsa no mura h-innis mi nithean a dh'aona ghnothach.

Ainm-sgrìobhte: _____**Ceann-latha:**_____

Cuimhnichibh gun tèid fiosrachadh sam bith a bheir sibh seachad san fhoirm seo a làimhseachadh a rèir Poileasaidh Dìomhaireachd na Buidhne.

Cuiribh am foirm fèin-chunntais, air a lìonadh, chun na buidhne sa chèis le ar seòladh air. Na cuiribh am foirm-iarrtais agaibh sa chèis sin. Tha e cudromach gu bheil na foirmichean ann an cèisean fa leth. Chan fhaic am foirm fèin-chunntais agaibh ach luchd-obrach aig a' bhuidhinn ris a bheil e an urra luchd-obrach dreuchdail is saor-thoileach fhastadh.

Earrainn 5
Fèisean nan Gàidheal
Nòtaichean stiùiridh a bu chòir a bhith an cois foirm fèin-chunntais.

Leughaibh na nòtaichean seo mus coilean sibh am Foirm Fèin-chunntais.

Bidh am fiosrachadh a bheir sibh dhuinn san Fhoirm Fèin-chunntais a' cur ris an fhiosrachadh a gheibh sinn nur foirm-iarrtais, teisteanasan, agus, nuair a tha sinn air aontachadh cuideigin a chur an dreuchd, nur teisteanas airson Dearbhadh Pearsanta. Cuidichidh na sgrìobhainnean uile seo sinn a' tighinn gu co-dhùnadh mur n-iarrtas.

Cò dh'fheumas Foirm Fèin-chunntais a lìonadh?
Tha e mar phoileasaidh don bhuidhinn seo iarraidh air gach neach-iarrtais a tha ag iarraidh obair ann an dreuchd "cùram cloinne" foirm fèin-chunntais a lìonadh.

Chan eil an dreuchd a tha sibh a' cur a-steach air a shon a' tighinn fo *Achd Ath-ghnàthachadh Eucoraich 1974* ri linn *Òrdan Toirmisg is Mura-bhith (Alba) 2003*. Mar sin bu chòir dhuibh innse mu dhìteadh sam bith, fiù 's dìtidhean 'caithte'.

Dè na h-earrainnean den fhoirm a dh'fheumas mi a lìonadh?
Bu chòir gun innis Tuairisgeul na h-Obrach a tha an cois an fhoirm seo dè an ìre Dearbhaidh Pearsanta a tha a dhìth ma thabhainneas sinn obair dhuibh.

Nuair a tha e ag ràdh ann an Tuairisgeul na h-Obrach gum feumar **Dearbhadh Pearsanta Coitcheann** airson na h-obrach, feumaidh sibh pàirtean A, B, D agus E den fhoirm seo a lìonadh.

Nuair a tha e ag ràdh ann an Tuairisgeul na h-Obrach gum feumar **Dearbhadh Pearsanta Leasaichte** airson na h-obrach, feumaidh sibh pàirtean A, B, C, D agus E den fhoirm seo a lìonadh.

Feumaidh sibh cuideachd fios aithneachaidh a thoirt dhuinn gus an urrainnear ur fiosrachadh pearsanta a dhearbhadh. Thèid iarraidh oirbh seo a thoirt dhuinn ma gheibh sibh agallamh.

Cò leughas am Foirm Fèin-Chunntais?
Bu chòir dhuibh am Foirm Fèin-Chunntais a chur thugainn ann an cèis dhùinte. Na cuiribh thugainn e san aon chèis leis an fhoirm-iarrtais agaibh. Mura faigh sibh agallamh, tillear a' chèis thugaibh gun fhosgladh.

Thèid a' chèis fhosgladh ma thathar am beachd agallamh a thoirt dhuibh. Ma gheibh sibh agallamh agus ma chaidh ur dìteadh roimhe, no ma tha fiosrachadh iomchaidh eile ann, bidh cothrom agaibh bruidhinn ma dheidhinn san agallamh.

Dè thachras don Fhoirm Fèin-Chunntais nuair a thig sibh gu co-dhùnadh mun iarrtas agam?
Mur an do shoirbhich leibh, tillear am Foirm Fèin-chunntais agaibh thugaibh.

Ma shoirbhicheas leibh, iarrar Dearbhadh Pearsanta a dhèanamh oirbh. Cumaidh sinn am Foirm Fèin-chunntais agus an teisteanas Dearbhaidh Pearsanta gus an tigear gu co-dhùnadh mun iarrtas agaibh. Mar as trice, cha chumar am fiosrachadh nas fhaide na sia mìosan.

Dè thachras ma shoirbhicheas leam leis an iarrtas?
Ma shoirbhicheas leibh leis an iarrtas, feumar **Dearbhadh Pearsanta Coitcheann no Leasaichte** a dhèanamh oirbh a rèir riaghailtean *Achd a' Phoilis 1997 (Pàirt V)*. Chithear an ìre Dearbhaidh Pearsanta a tha a dhìth ann an Tuairisgeul na h-Obrach a gheibh sibh leis na foirmichean eile.

Dè thachras mura h-eil mi ag iarraidh Foirm Fèin-chunntais a lìonadh?
A rèir ar poileasaidh is stiùireadh dìon chloinne, chan urrainn dhuibh obair fhaighinn ann an dreuchd "cùram cloinne" aig a' bhuidhinn againn.

Eàrr-ràdh 6
Fèisean nan Gàidheal
Meatrags airson Pròiseas nan Agallamhan

Ri lìonadh <u>ach a-mhàin</u> nuair a tha a' bhuidheann air aontachadh gu bheil iad am beachd agallamh a thoirt don neach-iarrtais.

An dreuchd a chuireadh a-steach air a shon: _____

C1: Foirm Fèin-chunntais air a lìonadh leis an neach-iarrtais?

Tha ☐ Chan eil ☐

C2: An tàinig dìtidhean eucorach am follais?

Thàinig ☐ Cha tàinig ☐

C3: An tàinig rabhaidhean, achmhasain am follais?

Thàinig ☐ Cha tàinig ☐

C4: An tàinig fiosrachadh neo-dhìteadh am follais?

Thàinig ☐ Cha tàinig ☐

C5: Àireamh dhìtidhean? ☐

C6: Cuin a bha an dìteadh mu dheireadh? ☐

C7: Dearbhadh air mar a thàinig atharrachadh air giùlan.

_____

_____

_____

C8: An toireadh na dìtidhean buaidh air an obair a tha iad ag iarraidh?

Bheireadh ☐ Cha toireadh ☐

Ma tha, innisibh carson

_____

_____

_____

_____

Mura h-eil, innsibh carson

_____

_____

_____

_____

Thugadh agallamh dhaibh

Thugadh ☐ Cha tugadh ☐

Agallamh

Ceistean a chaidh fhaighneachd:

_____

_____

_____

Teisteanasan a bharrachd a dh'iarrar:

_____

_____

_____

Beachd air an agallamh:

_____

_____

(Tha am foirm stèidhichte air obair a rinn Louise Holmes bho Apex na h-Alba)

Eàrr-ràdh 7
Fèisean nan Gàidheal
Litir gu Luchd-teiste.
Ainm is seòladh ur buidhne (no ceann-litreach)

(Ainm is seòladh an neach-teiste) Ceann-latha a dh'iarradh teisteanas:_____

_____ Chòir

Tha [ainm an neach-iarrtais] air ùidh a nochdadh ann a bhith ag obair dhuinn mar [ainm na dreuchd] a bhios a' ciallachadh gum bi iad a' dèiligeadh ri clann. Mar sin bu toigh leam faighneachd a bheil adhbhar dragh sam bith agaibh mun neach-iarrtais seo a bhith faisg air clann.

THA ☐ CHAN EIL ☐ Cuiribh strìochag
Ma chomharraich sibh THA, cuiridh mi fios thugaibh ann an dìomhaireachd.

Ma chomharraich sibh CHAN EIL agus mas urrainn dhuibh an teisteanas seo a choileanadh, bu chòir dhomh dearbhadh gun cumar am fiosrachadh a bheir sibh seachad dìomhair agus nach tèid a roinn ach le daoine ainmichte a dh'fheumas fhaicinn. Am biodh sibh cho math na ceistean a leanas a fhreagairt:
1. Dè cho fad 's a tha sibh air a bhith eòlach air an neach-iarrtais?_____

2. Ciamar (m.e. caraid, co-obraiche)? _____

3. An dèan sibh measadh air buadhan pearsanta an neach-iarrtais le bhith a' cur strìochag sna bogsaichean:

	Truagh	Àbhaisteach	Math	Glè mhath	Sàr-mhath
Comas uallach a ghabhail					
Toinisg					
Dealas					
Spionnadh					
Onair					
Earbsa					
Cùram mu chàch					

Ma tha sibh ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh mun neach-iarrtais a thoirt dhuinn, thoiribh dhuinn e gu h-ìosal no air cùl na duilleige seo.

Ainm-sgrìobhte an neach-teiste: _____ Ceann-latha:_____

Tapadh leibh airson am foirm seo a choileanadh. Cuiribh thugam e sa chèis a thàinig na chois.

Leis gach deagh dhùrachd

Tha am foirm seo stèidhichte air foirm-teisteanais san *Leabhran Dìon Chloinne* (deasachadh leasaichte, 2003) aig Eaglais na h-Alba.

Eàrr-ràdh 8
Fèisean nan Gàidheal
Eisimpleir pro-forma airson neach a mholadh airson an Liosta Dhaoine a tha air an Toirmeasg bho bhith ag Obair le Clann (An Liosta)

Tha am pro-forma seo air a dhealbh gus frèam a thoirt do bhuidhnean gus fiosrachadh a thoirt do Mhinistearan na h-Alba nuair a tha iad a' cur fios mu neach airson an Liosta. Chan ***fheum*** *buidhnean/daoine am foirm seo a chleachdadh. 'S dòcha nach urrainn do gach buidheann gach earrainn san fhoirm a lìonadh, seach nach eil am fiosrachadh a thathar ag iarraidh uile aca.*

Adhbharan airson fios a chur mu neach airson an Liosta

"Tha e mar uallach air buidheann fios a chur gu Ministearan na h-Alba ma nì neach ann an dreuchd chùram cloinne cron air pàiste no ma chuireas iad pàiste ann an cunnart cron fhulang ***AGUS*** *ma thèid iad a chur a-mach às no a ghluasad bho dhreuchd far an robh iad a' dèiligeadh ri clann air sàillibh sin. Cuideachd, feumar fios a chur gu Ministearan na h-Alba, ma nì neach ann an dreuchd chùram cloinne cron air pàiste no ma chuireas iad pàiste ann an cunnart cron fhulang* ***AGUS*** *gun tèid an cur a-mach à dreuchd mura robh iad air fàgail, air an dreuchd a leigeil dhiubh no air fàgail às dèidh crìoch a chur air cùmhnant sealach."* (Td.2 den *Nòta Fiosrachaidh*)

Tha *Nòtaichean Mìneachaidh* airson an Achd ag ràdh:

"Tha e cudromach tuigsinn nach fhaodar fios a chur mu neach mura h-eil a' bhuidheann air ceumannan a ghabhail gus an neach a chur às an dreuchd a th' aca an-dràsta (no bhiodh iad air sin a dhèanamh, mura b' e gun do dh'fhàg iad, gun do leig iad dhiubh an dreuchd no gun chrìochnaich an cùmhnant aca)." (Para. 9 de na *Nòtaichean Mìneachaidh*).

Earrainn 1
Fiosrachadh coitcheann mun bhuidhinn no neach a tha a' cur fios gu Ministearan na h-Alba

1.1: Ainm na buidhne/neach a tha a' cur fios.

_____

1.2: Seòladh na buidhne/neach a tha a' cur fios.

_____

_____

1.3: Àireamh fòn na buidhne/neach a tha a' cur fios.

_____

1.4: Ainm is àireamh fòn (ma tha iad eadar-dhealaichte bhon fhiosrachadh gu h-àrd) an neach ris am bu chòir bruidhinn mun fhiosrachadh seo.

_____

Earrainn 2
Fiosrachadh pearsanta mun neach mu bheilear a' cur fios.

2.1: Ainm slàn, le ainm sam bith eile a th' orra no a bh' orra agus, airson boireannaich, sloinneadh a bh' orra mus do phòs iad.

_____

_____

2.2: Latha-breith.

_____

2.3: Seòladh.

_____

_____

2.4: Nuair a tha fios aig a' bhuidhinn/neach a tha a' cur fios, thoiribh dhuinn seòlaidhean aig an robh an neach a' fuireach thairis air na 5 bliadhna a dh'fhalbh agus an ùine a dh'fhuirich iad aig gach seòladh (nuair a dh'fheumas sibh, cleachdaibh duilleag eile).

_____

_____

_____

_____

2.5: Àireamh Àrachais Nàiseanta ('s dòcha nach bi am fiosrachadh seo agaibh airson luchd-obrach saor-thoileach).

_____

Earrainn 3
Dearbhaidhean aithne sam bith a rinn a' bhuidheann/neach a tha a' cur fios

Innsibh dhuinn dè na dearbhaidhean ID a rinn a' bhuidheann sa phròiseas fastaidh. Cuiribh strìochag sna bogsaichean iomchaidh gu h-ìosal. Nuair nach eil clàr agaibh air na dearbhaidhean seo, cuiribh strìochag sa bhogsa mu dheireadh.

Dearbhaidhean aithne a rinneadh	**Cuiribh strìochag mar as iomchaidh**
Fianais bho dhealbhan-camara: • Cead-siubhail ùr • Cead-dràibhidh sa chruth ùr bhon RA	
Mura robh fianais bho dhealbhan-camara: • Teisteanas breith a fhuaras nuair a rugadh iad	
Fianais air an t-seòladh aca: • Cunntas airson goireas (m.e. dealain m.s.a.a.) • Banca • Cairt Creideis • Cunntas Morgaids	
Cha do chùm a' bhuidheann clàr de dhearbhaidhean ID	

Earrainn 4
Fiosrachadh mun dreuchd chùram cloinne a bh' aig an neach.

Innsibh dhuinn an seo mu ainm na dreuchd, na prìomh dhleastanasan aig an dreuchd agus aois na cloinne is na h-òigridh leis an robh an neach-dreuchd ag obair.

_____

_____

_____

_____

_____

Earrainn 5
Fiosrachadh mu mar a tha a' bhuidheann/neach (a tha a' cur fios) den bheachd gun do rinn an neach cron air a' phàiste no gun do chuir iad pàiste ann an cunnart cron fhulang.

_____

_____

_____

_____

_____

_____

_____

_____

Earrainn 6
Fiosrachadh mu sgrùdaidhean a rinn a' bhuidheann/neach (a tha a' cur fios) air dòigh-ghiùlan an neach-obrach agus dè na co-dhùnaidhean a bh' ann.

Bhiodh e na chuideachadh nuair a thathar a' lìonadh na h-earrainn seo nan toireadh a' bhuidheann/neach iomradh air na riaghailtean co-cheangailte ri mar bu chòir do luchd-obrach dèiligeadh ri clann is òigridh (m.e. Còd Giùlain) agus gum mìnich iad mar a bhrist an neach-obrach na riaghailtean seo. Bu chòir don bhuidhinn a tha a' cur fios lethbhreacan a chur thugainn de na pàipearan iomchaidh uile, nam measg cunntasan bho luchd-fianais, geàrr-chunntasan bho choinneamhan, aithisgean bho èisteachdan smachdachaidh agus lethbhreacan de na ceumannan smachdachaidh.

_____

_____

_____

_____

_____

_____

Earrainn 7
Fiosrachadh mu bhith a' cur fios chun a' Phoilis agus/no na Roinn Obrach Shòisealta agus geàrr-iomradh air comhairle sam bith a fhuaras bho na h-ùghdarrasan sin.

Innsibh dhuinn san earrainn seo dè an Roinn Phoilis agus/no an Roinn Obrach Shòisealta chun a chuir sibh fios agus mu chomhairle sam bith a fhuaras bho na h-ùghdarrasan sin. Bu chòir lethbhreacan de stuthan pro-forma (m.e. clàran dìon chloinne) a bhith an cois a' chunntais seo.

_____

_____

_____

_____

_____

Earrainn 8
Innsibh mu dè rinneadh gus dèanamh cinnteach nach robh an neach a' dol faisg air clann agus òigridh fo 18 bliadhna a dh'aois.

Chan fhaodar fios a chur mu neach airson an Liosta mura h-eil a' bhuidheann air ceumannan a ghabhail gus an neach a chur às an dreuchd a th' aca an-dràsta (no bhiodh iad air sin a dhèanamh, mura b' e gun do dh'fhàg iad, gun do leig iad dhiubh an dreuchd no gun chrìochnaich an cùmhnant aca).

_____

_____

_____

_____

_____

Earrainn 9
Innsibh an seo ma thathar a' tagradh, taobh a-staigh na buidhne, an aghaidh a' cho-dhùnaidh gus an neach a chur a-mach à dreuchd no ma tha an neach fhèin a' tagradh na aghaidh ann an Tribiùnal Obrach. Ma tha, dè an ìre aig a bheil an tagradh agus dè na h-ìrean eile a dh'fhaodadh a bhith ann?

_____

_____

_____

_____

_____

Earrainn 10
Ma tha fios agaibh gu bheil an neach an sàs ann am buidheann eile far am faod iad a bhith a' dèiligeadh ri clann, innsibh mu dheidhinn.

_____

_____

_____

_____

_____

_____

_____

Ceann-latha a chuireadh an aithisg gu Ministearan na h-Alba _____

Earr-ràdh 9
Fèisean nan Gàidheal
Àireamh Èiginn airson Dìon Chloinne (Nàiseanta)

Tha Loidhne Nàiseanta airson Dìon Chloinne ann a-nis far am faod daoine innse mu na draghan a th' aca. Thèid an cur troimhe chun an neach as iomchaidh gus dèiligeadh ris na draghan aca no gheibh iad comhairle a thaobh dè bu chòir dhaibh a dhèanamh.

0800 022 3222

UR DRAGHAN

Dè na nithean a bu chòir dragh a chur oirbh?

'S dòcha gun toir sibh an aire air feadhainn de na nithean a chithear gu h-ìosal.

A thaobh pàiste no òganach:
- tha patan orra ann an àite neònach no a tha doirbh a mhìneachadh
- tha iad fo eagal, sàmhach no fad às
- tha eagal orra a dhol dhachaigh
- tha iad daonnan acrach, sgìth no mì-sgiobalta
- tha iad air am fàgail gun duine a' coimhead às an dèidh
- tha cus uallaich orra airson an aois
- tha iad gan giùlan fhèin ann an dòigh neo-iomchaidh a thaobh feise
- tha iad ri mì-ghnàthachadh dhrogaichean no dibhe
- tha iad ag innse rudeigin dhuibh agus coltas ann gun deach an goirteachadh le cuideigin.

Faodaidh an dòigh anns a bheil inbheach gun giùlan fhèin a bhith a' cur dragh oirbh ma tha iad:
- gan giùlan fhèin ann an dòigh bhagairteach, ainneartach no fheiseil ri pàiste no òganach
- ri mì-ghnàthachadh dibhe no dhrogaichean nuair a pàiste fon cùram
- a' fàgail pàiste leotha fhèin no còmhla ri inbhich neo-iomchaidh.

Ma tha dragh oirbh mu gin de na nithean gu h-àrd, cuiribh fòn chun na Loidhne Nàiseanta airson Dìon Chloinne:

0800 022 3222

Eàrr-ràdh 10
Fèisean nan Gàidheal
Foirm pro-forma airson casaidean/draghan mu dhroch dhìol a chlàradh

Bu chòir do luchd-obrach nas urrainn dhaibh de earrainnean a' phro-forma seo a lìonadh. Chan urrainnear daonnan gach earrainn a lìonadh. Bu chòir am pro-forma a chur don Cho-òrdanaiche Dìon Chloinne/Ceannard na Stèidheachd.

Ainm a' phàiste (ma tha e agaibh):
Aois (ma tha i agaibh):
Seòladh agus àireamh fòn (ma tha iad agaibh):
Ainmean nam pàrantan/an luchd-cùraim (ma tha iad agaibh):
Ainmean bhràithrean/pheathraichean (ma iad agaibh):
Suidheachadh/Cùisean sònraichte sam bith co-cheangailte ris a' phàiste (m.e. feumalachdan sònraichte, slàinte is math a' phàiste):
Dè seòrsa dragh a th' agaibh? (m.e. casaid a thog pàiste, no dragh a bh' air neach-obrach/cuideigin eile).
Ma tha am pàiste air casaidean a thogail mu dhroch dhìol, cuiribh sìos ainm an duine ris an do bhruidhinn iad agus cuin agus càite an do thog iad a' chasaid.
Ma tha pàiste air casaidean a thogail mu dhroch dhìol, clàraich cho luath 's as urrainn dhuibh na thuirt am pàiste. Cuimhnichibh gum bu chòir don chunntas seo a bhith cho ceart 's a ghabhas agus gum chòir faclan a' phàiste a bhith air an clàradh.
Ma tha inbheach air dragh a thogail mu shàbhailteachd pàiste, a bheil iad a' togail nan draghan aca fhèin no a bheil iad ag innse mu dhraghan a bh' aig inbheach eile? Clàraich na draghan agus iarraibh orra dearbhadh gu bheil am fiosrachadh aca ceart.
An tugadh an aire do gin a chomharran? Ma chaidh, cò thug an aire dhaibh?

Ma tha iad agaibh, sgrìobhaibh sìos ainm(ean) an neach/nan daoine a tha fo chasaid/mu bheil dragh agaibh gu robh iad ri droch dhìol.
Sgrìobhaibh sìos cuin a chuireadh fios chun na Roinn Obrach Shòisealta, a' Phoilis no gu Neach-aithris an Ùghdarrais agus ainm an duine ris an do bhruidhinn sibh agus a' chomhairle a fhuair sibh.
Dè a' chomhairle a fhuaras mu bhith a' bruidhinn ri pàrantan/luchd-cùraim a' phàiste?

Ainm-sgrìobhte (neach-obrach) _____Ceann-latha _____

Ainm-sgrìobhte
(Co-òrdanaiche Dìon Chloinne/Stèidheachd) _____

Ceann-latha_____

Feumar am foirm seo a chumail ann am faidhle dìomhair. Chan fhaodar ach daoine a dh'fheumas am foirm seo fhaicinn sùil a thoirt air.

Eàrr-ràdh 11
Fèisean nan Gàidheal
Poileasaidh Cho-ionannachd Chothroman

1 A' FASTADH LUCHD-OBRACH, CHUNNRADAIREAN & LUCHD-TEAGAISG (a' buntainn ri luchd-obrach saor-thoileach mar as iomchaidh)

1.1 Tha Fèisean nan Gàidheal a' gealltainn gun dèilig iad ri gach neach-iarrtais a chuireas a-steach airson obair gu cothromach. Tha sinn ag iarraidh dèanamh cinnteach gun tèid daoine a thaghadh air sgàth 's cho iomchaidh is cho comasach agus a tha iad.

1.2 Tha e na amas do dh'Fhèisean nan Gàidheal gun dèiligear ri neach a tha, no a dh'fhaodadh a bhith, na neach-obrach, cunnradair, neach-teagaisg no neach-obrach saor-thoileach againn san aon dòigh agus cha toir cinneadh, dath, freumhan cinneachail no dùthchail, suidheachadh pòsaidh, gnè, taobhadh feise, ciorram no creideamh buaidh sam bith air an sin.

1.3 Tha poileasaidh fastaidh aig Fèisean nan Gàidheal do dhaoine a chleachd a bhith nan eucoraich, a tha ag amas air dèanamh cinnteach gun dèiligear ri gach neach-iarrtais airson obair ann an dòigh chothromach. Chithear seo ann an **Eàrr-ràdh 1** den phoileasaidh seo.

1.4 A thaobh 1.3, làimhsichear fiosrachadh sam bith a thèid fhoillseachadh do dh'Fhèisean nan Gàidheal a rèir ar Poileasaidh air Làimhseachadh, Cleachdadh, Stòradh is Gleidheadh Fiosrachaidh bho Dhearbhaidhean Pearsanta gu Tèarainte. Chithear seo ann an **Eàrr-ràdh 2** den phoileasaidh seo.

1.5 Tha e mar dhleastanas obrach do gach neach-obrach againn gun tèid siùil fhastaidh cothromach a chur an sàs, ach tha dleastanasan sònraichte aig ar Stiùiriche agus buill a' Bhùird a thaobh fastadh, agus aig luchd-obrach a tha an sàs ann an rianachd luchd-obrach.

1.6 Faodaidh neach-obrach sam bith a tha den bheachd gun deach dèiligeadh riutha ann an dòigh mhì-chothromach bruidhinn ri Stiùiriche Fèisean nan Gàidheal mun chùis, no ris a' Chathraiche ma tha an Stiùiriche an sàs sa chùis.

2 DAOINE A THA A' GABHAIL PÀIRT ANN AN TACHARTASAN FÈISEAN NAN GÀIDHEAL IS NAM FÈISEAN

2.1 Tha Fèisean nan Gàidheal ag iarraidh gum bi cothroman co-ionann aig daoine a tha a' gabhail pàirt ann an tachartasan a tha gan cumail leis a' bhuidhinn, no às leth na buidhne, a dhol an sàs annta. Tha seo a' gabhail a-steach Fèisean a tha nam buill de dh'Fhèisean nan Gàidheal.

2.2 Tha sinn a' gealltainn gum faod duine sam bith a tha ag iarraidh pàirt a ghabhail ann an tachartas Fèisean nan Gàidheal – agus sna Fèisean – sin a dhèanamh agus cha toir cinneadh, dath, freumhan cinneachail no dùthchail, suidheachadh pòsaidh, gnè, taobhadh feise, ciorram no creideamh buaidh sam bith air an sin.

2.3 Tha e mar dhleastanas air ar luchd-obrach is buill uile dèanamh cinnteach gu bheil cothrom co-ionann aig a h-uile neach dol an sàs ann an cùisean. Ge-tà, tha dleastanasan sònraichte aig buill de chomataidhean nam Fèisean, Stiùiriche Fèisean nan Gàidheal agus buill a' Bhùird a tha an sàs ann a bhith a' cur thachartasan air dòigh.

2.4 Ma tha neach sam bith a' smaoineachadh nach deach dèiligeadh riutha gu cothromach, faodaidh iad bruidhinn ri Cathraiche na Fèise, no Stiùiriche Fèisean nan Gàidheal ma bha Cathraiche na Fèise an sàs sa chùis.

2.5 Ma thathar a' smaoineachadh gun deach dèiligeadh ri neach ann an dòigh mhì-chothromach aig tachartas Fèisean nan Gàidheal, faodar a' chùis a thogail le Stiùiriche Fèisean nan Gàidheal, no an Cathraiche, ma tha an Stiùiriche an sàs sa chùis.

3 AM POILEASAIDH GA CHUR AN GNÌOMH

3.1 Tha e na amas do dh'Fhèisean nan Gàidheal gun tèid am poileasaidh seo a chur an gnìomh le èifeachd, agus nì sinn sgrùdadh air èifeachd a' phoileasaidh gu cunbhalach tro bhith a' measadh thachartasan, a' toirt sùil às ùr air dòighean-obrach agus a thaobh fastadh is margaidheachd airson tachartasan.

3.2 Cha ghabh sinn ri leth-bhreith air luchd-obrach, luchd-iarrtais airson dreuchdan, cunnradairean, luchd-teagaisg, no daoine a tha a' gabhail pàirt sna Fèisean a thèid a dhèanamh le luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal no nam Fèisean, no cuideigin a tha toirt seirbheis dhuinn. Nì sinn rannsachadh air cùis sam bith a thèid a thogail agus dèiligidh sinn leatha mar as iomchaidh.

3.3 Ma tha neach sam bith ag iarraidh atharraichean a mholadh airson a' phoileasaidh seo, no ma tha beachdan agaibh air mar a dh'fhaodadh e a bhith nas èifeachdaiche, sgrìobhaibh sa chiad dol-a-mach gu:

Art MacCarmaig
Stiùiriche
Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Eàrr-ràdh 1 (de Eàrr-ràdh 11)
Fèisean nan Gàidheal
Poileasaidh Fastaidh do Dhaoine a chleachd a bhith nan Eucoraich

A rèir a' Chòd Obrachaidh a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba fo earrainn 122 de Achd a' Phoilis 1997, airson daoine clàraichte agus daoine eile a gheibh Fiosrachadh Pearsanta, leanaidh Fèisean nan Gàidheal na riaghailtean a leanas.

1 Tha Fèisean nan Gàidheal a' gealltainn gun dèilig iad ri gach neach-iarrtais airson obair gu cothromach, agus nach dèan iad leth-bhreith mhì-chothromach air neach ri linn dìteadh no fiosrachadh eile a thig am follais tro dhearbhadh pearsanta.

2 Chan iarr Fèisean nan Gàidheal Dearbhadh Pearsanta Coitcheann no Leasaichte ach nuair a tha riatanach is iomchaidh airson na h-obrach.

3 Nuair a dh'fheumar Dearbhadh Pearsanta airson na h-obrach, nì Fèisean nan Gàidheal sin soilleir air an fhoirm-iarrtais, san t-sanas-obrach, agus an lùib fiosrachadh sam bith eile mun obair. Gheibh luchd-iarrtais am poileasaidh seo aig toiseach a' phròiseis fastaidh.

4 San agallamh, nì Fèisean nan Gàidheal cinnteach gum faodar bruidhinn mun eucoir(ean) ann an dòigh fhosgailte is ciallach. Mura h-innsear mu fhiosrachadh, aig a bheil ceangal ris an obair a thathar ag iarraidh, faodar tairgse-obrach a thoirt air ais.

5 San agallamh, no nuair a gheibh iad Dearbhadh Pearsanta le fios mu dhìteadh, gabhaidh Fèisean nan Gàidheal ealla ri:-
- An toir an dìteadh buaidh air an obair a thathar a' tairgsinn?
- Dè cho dona sa bha an eucoir?
- Dè cho fad 's tha e bhon a rinneadh an eucoir?
- A bheil pàtran ann am beatha an neach-iarrtais far a bheil eucoir a' nochdadh a-rithist is a-rithist?
- A bheil suidheachadh an neach-iarrtais air atharrachadh bhon a rinn iad an eucoir?

6 Nì Fèisean nan Gàidheal cinnteach gu bheil ar luchd-obrach a tha an sàs ann am fastadh eòlach air a' phròiseas seo agus gun d'fhuair iad trèanadh is taic iomchaidh.

7 Bheir Fèisean nan Gàidheal lethbhreac den Chòd Obrachaidh foillsichte le Ministearan na h-Alba fo earrainn 122 de Achd a' Phoilis 1997 do neach-iarrtais sam bith airson dreuchdan aig Fèisean nan Gàidheal a tha feumach air dearbhadh pearsanta.

8 Tha Fèisean nan Gàidheal ag amas, tro ar Poileasaidh Co-ionannachd Chothroman, agus seo na phàirt dheth, air dèanamh cinnteach gun dèiligear gu cothromach ri gach neach-iarrtais airson obair aig a' bhuidhinn.

Eàrr-ràdh 2 (de Eàrr-ràdh 11)
Fèisean nan Gàidheal
Poileasaidh air Làimhseachadh, Cleachdadh, Stòradh is Gleidheadh Fiosrachaidh bho Dhearbhaidhean Pearsanta gu Tèarainte

A rèir a' Chòd Obrachaidh a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba fo earrainn 122 de Achd a' Phoilis 1997, airson daoine clàraichte agus daoine eile a gheibh Fiosrachadh Pearsanta, leanaidh Fèisean nan Gàidheal na riaghailtean a leanas.

1 Chan iarrar Dearbhadh Pearsanta ach nuair a tha e riatanach is iomchaidh airson na h-obrach agus thèid am fiosrachadh air an teisteanas dearbhaidh a chleachdadh air adhbharan fastaidh a-mhàin.

2 Nì Fèisean nan Gàidheal cinnteach gum faigh iad cead an neach mus iarr iad dearbhadh pearsanta, agus iarraidh iad cead mus sgaoil iad am fiosrachadh air adhbhar sam bith ach air adhbharan fastaidh.

3 Cha tèid fiosrachadh dearbhaidh pearsanta a roinn ach le daoine ùghdarraichte gus fhaicinn tron obair aca.

4 Nuair a gheibh Fèisean nan Gàidheal fiosrachadh a bharrachd tro dhearbhadh pearsanta ach nach fhaigh an neach-iarrtais e, cha toir Fèisean nan Gàidheal am fiosrachadh sin don neach-iarrtais, ach innsidh sinn dhaibh gu bheil fiosrachadh a bharrachd ann, ma bheir am fiosrachadh sin buaidh air a' phròiseas fhastaidh.

5 Bidh fiosrachadh bho dhearbhaidhean pearsanta air a chumail ann an ciste ghlaiste nach gabh a ghluasad, airson suas ri 6 mìosan. Chan fhaigh ach daoine le cead am fiosrachadh seo fhaicinn tro na dleastanasan obrach aca cothrom a' chiste seo fhosgladh.

6 Thèid fiosrachadh bho dhearbhaidhean pearsanta a chur na stiallan le inneal.

7 Cha dèanar lethbhreac de dh'fhiosrachadh bho dhearbhadh pearsanta. Ge-tà thèid am fiosrachadh a leanas a chumail:
Ceann-latha a chuireadh am fiosrachadh pearsanta
Ainm an neach
Seòrsa Dearbhaidh Pearsanta
Dreuchd don deach am dearbhadh iarraidh.
Àireamh shònraichte an dearbhaidh phearsanta
Fios mu mar a chaidh don tairgse-obrach

8 Nì Fèisean nan Gàidheal cinnteach às gu bheil fios aig gach neach-obrach aig a bheil cead coimhead air fiosrachadh bho dhearbhaidhean pearsanta mun phoileasaidh seo agus gum faigh iad trèanadh is taic iomchaidh.

9 Bheir Fèisean nan Gàidheal lethbhreac den phoileasaidh seo, agus an Còd Obrachaidh a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba fo earrainn 122 de Achd a' Phoilis 1997, do neach sam bith a chuireas a-steach airson obair aig Fèisean nan Gàidheal far am feumar dearbhadh fiosrachadh pearsanta.

Tha Fèisean nan Gàidheal tro am Poileasaidh Co-ionannachd Chothroman, agus seo na earrainn bhuaithe, ag iarraidh dèanamh cinnteach gun dèiligear ri gach tagraiche airson obraichean aig a' bhuidhinn gu cothromach.

Eàrr-ràdh 12
Fèisean nan Gàidheal
Foirm-Ceadachaidh Phàrantan a thathar a' moladh airson Fèisean
FOIRM-CEADACHAIDH PHÀRANTAN (Ainm is seòladh na Fèise)

Ainm a' phàiste …… Aois ……
Seòladh na dachaigh ……
……
Àireamh fòn, leis a' chòd sgìreil, airson bruidhinn ris na *pàrantan/luchd-cùraim

Dachaigh …… Obair …… Fòn-làimhe ……
Dàrna ainm dham faod **fios a** chur: Ainm …… Fòn ……

Faodaidh mo *phàiste/chlann pàirt a ghabhail san Fhèis …… (Ceann-latha: ……)
Tha mi a' tuigsinn dè seòrsa thachartasan anns am bi mo phàiste/chlann a' dol an sàs agus tha mi den bheachd gu bheil iad comasach air a dhol an sàs annta.
Tha mi a' tuigsinn gum feum mo phàiste/chlann na fònaichean-làimhe aca a chur dheth nuair a tha iad ann an clasaichean is bùithtean-obrach. Tha mi a' toirt cead dhuibh gum faod dealbhan-camara a thogadh le riochdairean nam Fèisean no Fèisean nan Gàidheal aig an Fhèis a chleachdadh. Chan ainmich dealbhan, a chleachdar airson sanasachd, pàistean fa leth.

GIÙLAN

Tha sinn a' gleidheadh na còrach gum faod sinn pàiste a tha a' milleadh an spòrs do dhaoine eile no gan cur ann an cunnart a chur dhachaigh. Ma thachras seo, tha sinn an dùil gun tog sibh ur pàiste. Bidh e mar uallach oirbh cosgaisean sam bith a phàigheadh airson ur pàiste a thilleadh dhachaigh.

BIADH SÒNRAICHTE, CUNGAIDHEAN, TINNEASAN, AILEIRGIDHEAN

Innsibh an seo mu bhiadh sònraichte no cungaidhean a dh'fheumas ur *pàiste/clann no mu thinneas, ciorram no aileirgidh a th' aca. Am feumar cungaidhean a stòradh ann an dòigh shònraichte?
……
Ma tha ur pàiste a' gabhail cungaidh-leighis, a bheil iad ga thoirt dhaibh fhèin, m.e. Insulin, Epipen, inneal-tarraing analach m.s.a.a.?
THA/CHAN EIL

Cuimhnichibh, ma dh'fheumas ur pàiste neach-cùraim/taice san sgoil, feumaidh neach-cùraim a bhith còmhla riutha aig an Fhèis. Tha beagan maoineachaidh aig na Fèisean gus cuideachadh le bhith a' fastadh neach-cùraim iomchaidh. Dèanaibh cinnteach gu bheil iomradh air feumalachdan sònraichte air an fhoirm seo, agus gun tèid a thilleadh ann an deagh àm gu neach-rianachd na Fèise. 'S dòcha gum bi ùghdarrasan ionadail deònach taic a thoirt do phàiste le feumalachdan sònraichte nuair a bhios e iomchaidh.

*Tha mi/chan eil mi a' toirt cead dhuibh gum faodar leigheas a dhèanamh air mo phàiste ann an èiginn. Feumaidh clann a tha 16 is nas sine an cead fhèin a thoirt dhuinn.

Bidh na cungaidhean/stuthan ciad-chobhair a leanas air an cumail le neach-obrach ainmichte. Innsibh dhuinn cò an fheadhainn a dh'fhaodar a thoirt dha do phàiste ma dh'fheumar:

Plastar	Faodaidh/Chan fhaod	……	Faodaidh/Chan fhaod
Brèideinean Glanaidh	Faodaidh/Chan fhaod	……	Faodaidh/Chan fhaod
Paracetamol	Faodaidh/Chan fhaod	……	Faodaidh/Chan fhaod
Strepsils/lozenges	Faodaidh/Chan fhaod	……	Faodaidh/Chan fhaod
Calpol	Faodaidh/Chan fhaod		

Ainm a' phàrant/neach-cùraim (Litrichean mòra) ……

Ainm-sgrìobhte a' phàrant/neach-cùraim ……
CUIRIBH AM FOIRM SEO LEIS AN FHOIRM CHLÀRAIDH AIRSON NA FÈISE THUGAINN, RO …… (CEANN-LATHA)

Eàrr-ràdh 13
Fèisean nan Gàidheal
Aithris air Tubaist/Tachartas

Ainm na Fèise:
Ainm an Oifigeir Dìon Chloinne:
Seòladh:
Àireamh fòn:
Nuair a thachair e: Nuair a chaidh innse don Phàrant/Neach-cùraim: (ceann-latha/uair)
Mìneachadh air na thachair:
Air aithris ri:
Air aithris le:
Na rinneadh ma dheidhinn:
Ainm-sgrìobhte: (Feumar làmh Oifigear Dìon Chloinne a chur ri seo)
Ceann-latha:

Bu chòir lethbhreac den fhoirm a chumail airson Log Thubaistean nam Fèisean, agus ma dh'fheumar, cuiribh lethbhreac gu Stiùiriche Fèisean nan Gàidheal cuideachd. Feumar riaghailtean Dìon Fiosrachaidh a leantainn. Cuideachd, faicibh www.hse.gov.uk no www.riddor.gov.uk airson tubaistean nas miosa a dh'fheumar innse mu dheidhinn, nuair a tha e iomchaidh.